

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

An Giblean, 2007

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Àireamh 113

Taobh a-staigh
pàipear na mìos seo:



Plana nàiseanta ga
chur air bhog

duilleag 5



Na taghaidhean

duilleag 8

**TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH**

An turas Èireannach



Chaidh Fèis a' Phan-Cheilich a chumail ann an Èirinn an t-seachdain a chaidh, far an robh mòran fealla-dha agus far an deach gu math dha na h-Albannaich a ghabh pàirt

Co-labhairt mòr nan ealan Gàidhlig ga chumail ann an Steòrnabhagh

Bidh prìomh cho-labhairt de na h-Ealain Ghàidhlig san Lanntair, Steòrnabhagh, aig toiseach na h-ath mhìos.

Tha a' cho-labhairt air a cur air chois le Pròiseact nan Ealan còmhla ri fòram GASD, co-obrachadh de bhuidhnean ealain Ghàidhlig a tha ag obair còmhla airson ealain Ghàidhlig san àm ri teachd a leasachadh ann an dòigh ro-innleachdail.

'S i a' cho-labhairt a' chiad tè de seòrsa ann an deich bliadhna agus tha i a' tighinn aig àm nuair a tha ealain Ghàidhlig is an cànan fhèin aig crois-rathaid.

Le Plana Nàiseanta Cànan na Gàidhlig, tighinn Alba Chruthachail agus Achd a' Chultair air faire, gun iomradh a thoirt air an t-seanal ur did-seatach telebhisein a tha mun oisean, feumaidh ealain na Gàidhlig gluasad air adhart gu ro-innleachdail.

Bheir a' cho-labhairt cothrom sònraichte dha luchd-ealain na Gàidhlig, rianadairan agus adhartachan a thiginn còmhla a bhruidhinn, a dh'èisteachd is a chumail eadar-cheanglaichean. Bidh raon de dh'òraidichean brosnachail is togarrach à Alba agus bhon taobh a-muigh aig an tachartas a thuilleadh air caochladh bhuidhnean sgarichte a' deasbaid chuspairean ghnàthaichte mar a leanas: maoineachadh, leasachadh luchd-amais, trèanadh is adhartachadh agus dòigh-obrachaidh is dleastanas nam meadhanan ùra.

Bidh cothrom ann cuideachd frèam cultarach Gàidhlig, a dh'obraicheas le Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Alba Chruthachail, a chur air d'Uigh.

Tha an tachartas a' cuimseachadh air na h-uile a tha ag obair ann an roinn nan ealan Ghàidhlig. Bidh a h-uile cruth ealain ann agus gheibh riochdairean bho coimhearsnachdan dùthchail is bailteach cothrom air a

dhol an sàs ann an còmhradh is deasbad.

Bu chòir dha luchd-ealain, eagraichean ealain, tuitearan is luchd-foghlaim, manaidsèaran ionadan ealain, buidhnean coimhearsnachd agus na h-uile aig a bheil ùidh sna h-ealain Ghàidhlig an tachartas seo a fhrithealadh. Thathas a' brosnachadh luchd-poileasaidh is rianadairan maoineachaidh a bhith an làthair gus guth an luchd-ealain a chluinntinn.

Thuir Kirstie Anderson Manaidsear Leasachaidh Luchd-amais GASD: "S e deagh chothrom a tha seo sùil a thoirt air an adhartas a tha na h-ealain Ghàidhlig air a dhèanamh anns na 10 bliadhna mu dheireadh, air far a bheil sinn an-dràsta agus air far a bheil sinn an dùil a dhol. Chuir GASD làn rannsachaidh air adhart an-uiridh mu bhuidhnean is iarrtasan airson nan ealan Ghàidhlig, a' leantainn bho rannsachadh co-chosmhail a chaidh a dhèanamh ann an 1996.

"Tha seo a' toirt cothrom dhuinn fàs nan ealan Ghàidhlig thar nan 10 bliadhna mu dheireadh a thomhas, agus tha e a' tabhann mothachadh làidir air far a bheil sinn an-dràsta. Fosglaidh a' cho-labhairt seo a-mach agus bheir i cothrom dha na h-uile pàirt a ghabhail

Droch sgeulachd ar n-eachdraidh

Tha eòlaiche eachraidh air Ghàidhealtachd ag ràdh gun deach trì de phrìomh sgoiltean na sgìre, agus aon dhe na h-ospadalan as aosta, a thogail le airgead a chaidh fhaighinn ri linn a bhith dèanamh feum de thràillealachd.

Tha an t-Ollamh Daibhidh Alston, a tha cuideachd na chomhairliche, ag ràdh gum bu chòir barrachd aithne a thoirt dhan seo an àite a bhith dha chleith bho eachdraidh.

Tha e dhen bheachd seach gu bheil a' comharrachadh Bliadhna na Gàidhealtachd 2007 an ath bhliadhna gum biodh e freagarrach a chur ceart anns na clàran eachdraidheil.

"Tha sinn air a bhith cuimhneachadh mar a chuir Pàrlamaid Bhreatainn às dha gnìomhachas na tràillealachd air an 25mh Màrt 1907 air feadh Ìompaireachd Bhreatainn," thuir e.

"Ann an 2007, tha Alba a' comharrachadh cultar na Gàidhealtachd agus bu mhath leam-sa nan toireadh a' chomhairle aithne dhan seo agus aithneachadh le aithreachas gun robh mòran Albannach, Gàidheil nam measg, nam pàirt dheth agus gun tug iad buannachd às.

"Bu chòir dhuinn ar n-eachdraidh aithneachadh, ged a tha pàirt dhan neo-thaitneach. Ach, chan eil an eachdraidh seo air a teagasg nar sgoiltean, chan eil i air a taisbeanadh nar taighean-tasgaidh. Agus seach gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd an urra ri ar foghlam, agus gu bheil iad a' toirt maoineachadh dha na taighean-tasgaidh agus àiteachan clàraidh, tha an cothrom aca a chur ceart."

Am measg nan togalaichean is seirbheisean a chaidh an stèidheachadh ri linn tràillealachd tha Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Acadamaidh Bhaile Dhubhthaich is Acadamaidh a' Chananaich.

san deasbad agus cuidichidh i le adhartachadh nan ealan Gàidhlig."

Cosgaidh e £15, a' gabhail a-steach lòn thairis air dà là, an 8mh agus 9mh. Feumar fios a leigeil ro 4mh Cèitean.

Thuir Art Carmait, stiùiriche Fèisean nan Gàidheal: "Tha sinn an dòchas nach e dìreach 'bùth bruidhneach' a bhios sa cho-labhairt idir — ged a tha còmhradh an-còmhnaidh buannachdail — ach gun comharraich i agus gum foillsich i cuid de na pròiseactan luachmhor a mhaoinich GASD thairis air an dà bhliadhna mu dheireadh, a thuilleadh air an obair a tha caochladh de bhuidhnean-ealain Ghàidhlig a' dèanamh.

"Chan eil teagamh sam bith agam nach eil na h-ealain Ghàidhlig a' cruthachadh faireachdainnean taiceil a thaobh na Gàidhlig, agus tha rannsachadh air dearbhadh gur iad, mar as trice, a tha a' brosnachadh dhaoine gus an cànan ionnsachadh. Tha a' cho-labhairt seo a' tachairt ann an deagh àm ri linn foillseachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig o chionn ghoirid agus an dleastanas a th' ann ro-innleachd airson tuilleadh leasachaidh de na h-ealain Ghàidhlig a dhealbh."

An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid

Seòladh
Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

Ofigear-sanasachd:
Marina NicLeòid
Fon: 01851 703487

An Gàidheal Ùr

Cuin 's Caite

Diardaoin 19mh Giblean

Port Rìgh – Thèid cuirm-chiùil a chumail air an oidhche seo ann an Ionad Àros le Fred Moireasdan. Cosgaidh tiocaidan £12 / 10Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01478 613 750 no dave@aros.co.uk

Dihaoine 20mh Giblean

Pol Iùbh – Tha Meur Phol Iùbha den Chomunn Ghàidhealach a' toirt thugaibh Cuirm nan Còisearan air an latha seo, ann an Talla Bhaile Phol Iùbha. Tòisichidh Cuirm na bliadhna seo aig 1.15 le cuirm-chiùil le Boireannaich Lacasdail agus Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd, agus an uairsen a-rithist aig 7.30f le cuirm-chiùil le còisearan agus seinneadairean Gàidhlig. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Màiri NicNéill air 01445 731 374.

Disathairne 21mh Giblean

Glaschu – Bidh ClannGàidhlig a' cumail latha Gàidhlig ann an Oilthigh Phàislig air an latha seo.

Diluain 23mh – Dihaoine 27mh Giblean

Steòrnabhagh – Tha Comunn Gàidhealach Leòdhais a' toirt thugaibh Seo Seinn 2007 eadar na làithean seo ann an Talla Bhaile Steòrnabhagh. Le farpaisean ciùil ann an seann nòs, nòs ùr agus òrain ùra. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01851 703 487 no cuiribh post-d gu marina@an-gaidheal-ur.co.uk.

Diciadain 25mh – Disathairne 28mh Giblean

Steòrnabhagh – Tha Pròiseact nan Sgeulachd a' toirt thugaibh Fèis nan Sgeulachd eadar na làithean seo anns An Lanntair, ann an Steòrnabhagh.

2mh Cèitean

Port Rìgh – Bidh Fiddler's Bid a' cluich ann an Ionad Àros air an oidhche seo bho 7.30f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01478 613 750 no www.aros.co.uk.

4mh – 6mh Cèitean

Sealtainn – Thèid Fèis Folk Shealtainn a chumail eadar na làithean seo. Bidh leithid ri Sharon Shannon, Fiddler's Bid, Mauvais Sort, Mary Black, Bodega agus mòran eile ri fhàicinn thairis air an Fhèis. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig info@shetlandfolk-festival.com no 01595 694 757.

Dimàirt 15mh Cèitean

Inbhir Nis – Bidh na Waterboys a' cluich anns an Ironworks, an Inbhir Nis air an oidhche seo bho 7f. Cosgaidh tiocaidan £22.50. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01463 718 555 no office@ironworksvenue.com.

Dreuchd ùr na chomharra air leasachadh agus leudachadh leantainneach an t-Sabhail Mhòir



An t-Oll Rothach is Iain Tormod MacLeòid

Chaidh an t-Oll. Gillian Rothach ainmeachadh mar leas-stiùiriche an fhoghlaim aig Sabhal Mòr Ostaig, dreuchd ùr a tha a' comharrachadh leudachadh na colaiste sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh agus a tha mar thoradh air leasachaidhean ùra a tha air fàire.

Tha an t-Oll. Rothach na stiùiriche cùrsa air a' chùrsa BA (le urram) ann an Gàidhlig agus Iomall a' Chuain Shìair, dreuchd anns an do thòisich i aig Sabhal Mòr Ostaig ann an 2001. Roimhe sin, bha i na neach-rannsachaidh aig Oilthigh

Obar Dheathain agus bha i ag obair do Chlann na h-Alba, a' bhuidheann-sgoile nàiseanta airson buidhnean cloinne saor-thoileach, reachdail agus proifeiseanta.

Thuir an t-Oll. Rothach, a tha bho Shìorrachd Bhanbh o thùs: "Tha mi anabarrach toilichte an cothrom seo fhaighinn a bhith an sàs ann an leasachaidhean ùra aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha a' cholaiste air leth mothachail, ri linn atharrachaidhean nàiseanta, gu bheil cruaidh fheum aig saoghal na Gàidhlig air oileanaich le sàr chomasan acadamaigeach agus practaigeach ann an leasachadh cànan agus cultar na Gàidhlig. Mar sin, thathar a' cruthachadh chùrsaichean ùra agus

chothroman rannsachaidh ùra a bheir sgilean riatanach do dh'oileanaich fo-cheum agus for-cheum.

"Tha Sabhal Mòr a' coimhead air adhart ri cùrsaichean ùra airson trèanadh thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile; thèid FAS – ionad-gnìomhachais, ionad-rannsachaidh, ionad-cùram chloinne agus àite-taisbeanaidh – fhosgladh aig deireadh na bliadhna seo; agus thathar an dòchas rannsachadh air ath-bheothachadh cànan a leasachadh gu mòr an ath-bhliadhna, 2008. Mar sin, tha e air leth inntinneach a bhith a' com-pàirteachadh ann an toirt air adhart nan leasachaidhean sin."

A' siubhail an cois nan daoine beairteach — saoghal eile



Le Joy Dunlop

Airson cuid de dhaoine 's e rud gu math furasta a th' ann a bhith a' siubhal fad 's farsainn air feadh an t-saoghail. Bidh an fheadhainn ud a' dol bho àite gu àite gun dragh san bith agus tha e follaiseach nach robh trioblaiden riamh aca mar a bha agam. Ged a bha e bho riamh a' còrdadh rium a bhith a' siubhal, cha b' e rud furasta a bh' ann dhomh, gu sònraichte nuair a dh'fheuch mi ri seo a dhèanamh còmhla ris an teaghlach agam. Tuigidh mi gu bheil a h-uile rud nas duilghe dèanamh nuair a tha ceathrar phàistean agus seanmhair san teaghlach ach airson adhbhar air choreigin tha cnapan-starra uabhasach daonnan ag èirigh nuair a dh'fheuchas an teaghlach agam falbh air làithean-saora, gu sònraichte mas ann thall thairis a tha sinn a' dol.

Sa chiad àite tha fios againn le cinnt gun tèid cuideigin (mar as trice mo

sheanmhair) a stad leis an luchd-sgrùdaidh son dearbhadh nach eil iad a' falach rudeigin mì-laghail no cunnartach san aodach aca. Chan eil fios agam a bheil droch choltas againn ach chan eil e gu diofar càite an tèid sinn, 's e an t-aon rud a thachras. As dèidh sin bidh cabhaig uabhasach òirne uile agus cha bhi e fada gu an caill cuideigin rudeigin cudromach mar tiocaid an itealain (mo bhràithrean) sporan no baga (mise) no an teaghlach againn uile (mar a thachair dham athair air trèan fon talamh ann an Lunnainn). Cha chreideadh sibh na sgeulachdan a th' agam bho tursan le mo theaghlach agus na thachair dhuinn anns gach àite ach a dh'aindeoin seo, 's toil leam fhathast a bhith siubhal.

Feumaidh mi aideachadh ged-thà, gu bheil mi den bheachd gur e rud duilich, ioma-fhillte a th' ann ach tha mi air mhothachadh o chionn ghoirid nach eil e cho dona a dhèanamh leam fhìn. Chaidh seo a dhearbhadh dhomh nuair a bha agam ri siubhal a bhos gu Ceap Breatainn aig toiseach na mìos. Leis cho bun os cionn 's a thèid cùisean dhomh gu tric, rinn mi dicheall a h-uile rud a chur air dòigh gu mionaideach mus do dh'fhalbh mi. Bha na tiocaidan dealain agam sàbhailte nam bhaga (carson a tha e nas fhasa pios pàipeir a chall na tiocaid cheart?), bha mi air h-uairean fàgail ionnsachadh agus bha an dà mhàileid ùr, làn agam air an tomhais gu mionaideach gus nach nochdadh trioblaid sam bith air an t-slighe. Shaol mi gun robh smachd agam air a h-

uile rud agus bha mi airson dearbhadh nach robh an t-aon droch fhortan agam 's a th' aig mo theaghlach.

Leis an fhìrinn bha mi gu math dòchasach nuair a ràinig mi port-adhair Ghlaschu sa mhadaoin a bha mi a' falbh. 'S cinnteach nach rachadh dad sam bith ceàrr le na h-uallaichean mòra a bh' agam ro-làimhe agus air a' chiad itealan nach mi bha ceart, chaidh a h-uile rud glè mhath! Nach mi bha pròiseil nuair a ràinig mi Gatwick sàbhailte gun dad a chall agus tìde gu leòr airson gluasad dhan àite cheart, bha mi cho sona ri bròg! Stad am faireachdainn seo ged-thà nuair a ràinig mi an t-àite fiosrachaidh agus chaidh innse dhomh gun deach am fiosrachadh ceàrr a thoirt dhomh bhon chompanaidh siubhail agus nach b' urrainn dhomh ach aon mhàileid a thoirt leam air an itealan! Cha b' urrainn dhomh a chreidsinn, leis cho faiceallach 's a bha mi air a bhith bha a-nis a dhà uimhir de chuideam a bharrachd agam na bha ceadaichte. As dèidh dhomh dearbhadh nach biodh e comasach fear dhiubh fhàgail ann an Sasainn chuala mi gum feumainn £150 a bharrachd a phàigheadh. Nach mi a bha fiadhaich!

B' ann an uair sin a chuala mi gum b' urrainn dhomh gluasad gu àite nas spaideile air an itealan airson barrachd airgid agus leis an sin, gum b' urrainn dhomh barrachd cuideim a thoirt leam. As dèidh beagan deasbaid bhupa agus £85 bhuam chaidh mo chur gu aghaidh an itealain far a bheil na daoine beairteach

mar as trice a' dol. Nach mi a bha air mo dhòigh! Chaidh sia uairean a thìde seachd ann am prìobadh na sùla leis a' bhìadh agus na deochan a fhuair mi, na filmichean a chunnaic mi agus an àite a bh' agam air mo bheulaibh airson mo chasan a shineadh. Cha chreid mi gun do dh'fhairich mi riamh cho cofhurtail nam bheatha, sin an dòigh ceart airson siubhal!

'S ann air sgàth seo a tha mi a-nis air mo bheachd atharrachadh mu bhith a' siubhal. Bidh mi a' leughadh gu tric sna pàipearan naidheachd gearanan bho dhaoine beairteach mun ùine a tha iad a' cur seachad a' siubhal air feadh an t-saoghail agus chan urrainn dhomh an creidsinn. Dè tha nas fheàrr na bhith ann an itealan spaideil, le daoine gad fhrithealadh bho mhoch gu dubh? Nam b' urrainn dhomh siubhal san dòigh ud fad na h-ùine tha mi cinnteach gun còrdadh beatha "jet-set" rium glan agus leis an fhìrinn, tha eagal orm gu bheil mi cleachdte ris mar-thà. Tha trioblaid siubhail ùr agam a-nis ged-thà, ciamar as urrainn dhomh dol air ais dhan dòigh àbhaisteach as dèidh na cofhurtachd ris a bheil mi a-nis cleachdte?! Nach inns sibh dhomh, ma tha fios agaibh, mu dhuine sam bith le itealan prìobhaideach.

An Gàidheal Ùr

Gabh pàirt anns an rannsachadh cudromach againn aig www.heclaconsulting.co.uk

A' sireadh neach-naidheach ùr

A bheil ùidh agaibh a bhith nar neach-naidheachd Gàidhlig airson an rèidio? Ma tha nach gabh sibh pàirt ann am farpais ùr a tha air a ruith le Fèis Cheilteach Innse Gall gus neach-craolaidh naidheachd ùr a lorg sna h-eileanan.

Tha BBC Radio nan Gàidheal ann an co-bhoinn le luchd-stiùiridh na fèise a' toirt a' chathair dha cuideigin aithrisean a dhèanamh bho thachartas na bliadhna seo, a bhios a' ruith eadar 11 is 14 Iuchar.

Am-bliadhna bidh na bràithrean Proclaimers a' cluich aig an fhèis còmhla ri luchd-ciùil eile bho air feadh an t-saoghail, àiteachan mar Èirinn, an Spàinn agus fiù 's an Tuirc.

A thuilleadh air an sin bidh luchd-ciùil traidiseanta à Alba rin cluinntinn, leithid Ishbel NicAsgail, Cairistiona Primrose is na Peatbog Faeries.

Airson pàirt a ghabhail san fharpais feumaidh sibh a bhith nas sine na 16 airson tagradh no post-dealain a chur gu info@kanecomcommunication.com. Feumaidh sibh a bhith fileanta sa Ghàidhlig agus iarrtas a chur a-staigh ro 31mh Cèitean.

Clann Tuirc

foillsichear sàr leabhraichean

leabhraichean
leabhraichean-latha
leabhraichean sgrìobhaig

www.clanntuirc.co.uk

fios@clanntuirc.co.uk 01877 376 703

Fàilte air ceum air adhart airson craoladh Gàidhlig

Chaidh £3 millean a thoirt seachad le Riaghaltas na h-Alba gus seanal ùr didseatach dhan Ghàidhlig a thoirt ceum nas fhaipse.

Chuir Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig fàilte air an naidheachd agus i a' toirt spionnadh nach beag dha na h-oidhirpean gus an t-seirbheis ùr a chur air bhog nas fhaide air a' bhliadhna.

Chaidh an t-airgead fhoillseachadh le ministear a' chultair, Patricia NicFhearghais, 's i a' tadhal air stiùidiothan Taigh Shìphoirt ann an Steòrnabhagh.

Bidh an t-seirbheis ùr, a tha ga dealbhachadh le SMG ann an com-pàrteachas leis a' BhBC, na pàirt chudromach den oidhirp gus a' Ghàidhlig agus a cultar a dhèanamh seasmach agus beòthail san àm ri teachd, agus cuiridh i Gàidhlig aig cridhe iomhaigh is feinnteach chultarach na h-Alba.

A bharrachd air leasachadh na seirbheis fhèin, bidh an t-airgead ga chleachdadh airson leasachadh sgilean teicnigeach, cruthachail agus deasachaidh, agus airson coimiseanadh phrògraman ùra.

Tha Dòmhnall Caimbeul, àrd-oifigear SMG, a' creidsinn gun toir an t-airgead seo spionnadh gu leasachadh na seirbheis. Thuirt e: "Tha sinn a' cur fàilte air an airgead seo aig àm a tha air leth cudromach airson na seirbheis, mar



Dòmhnall Caimbeul: " bidh an t-airgead seo na chuideachadh ann a bhith a' coileanadh ar n-amais "

Agus thuirt Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard na Gàidhlig aig a' BhBC: "Tha am BBC a' cur fàilte air taic an Riaghaltais airson craoladh Gàidhlig. Tha e mar rùn-daingeann aig a' BhBC co-obrachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a chum leasachadh air seirbheis ùr craolaidh Gàidhlig a' gabhail a-steach telebhisean, rèidio agus air-loidhne, a' toirt do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus dhan h-uile duine aig a bheil ùidh innte, roghainn farsaing de phrògraman agus goireasan tro diofar mheadhanan."

Chaidh £100,000 a thoirt dhan bhuidhinn airson tasglann phrògraman Gàidhlig Telebhisein na h-Alba a cheannach, rud a bhios air leth feumail airson adhbharan trèanaidh.

Thuirt NicFheargais mu dheidhinn an £3 millean: "Tha am maoinachadh seo a' sealltainn gu bheil sinn dha-rìribh ag iarraidh cleachdadh na Gàidhlig an Alba a bhrosnachadh. Tha e cuideachd a' toirt àite dhan taic a tha sinn a' toirt dha craoladh Gàidhlig agus a' sealltainn cho cudromach 's a tha an cànan dhan eachdraidh agus chultar againn."

"Bu chòir gun toireadh telebhisean didseatach Gàidhlig buaidh mhòr air inbhe agus cleachdadh a' chànan, a' cur ri misneachd

luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig. Bidh e cuideachd a' cur ri sgilean ealain agus teicneòlais agus a' leudachadh cothroman eaconamach.

"Tha SMG agus am BBC air adhartas mòr a dhèanamh a dh'ionnsaigh libhrigeadh seirbheis telebhisein Gàidhlig agus cuiridh an t-seirbheis seo ri na seirbheisean a tha aig a' BhBC a-cheana air rèidio agus an eadar-lìon.

"Bidh an tasglann Gàidhlig aig SMG na stòras luachmhor airson seirbheis telebhisein didseatach Gàidhlig ùr."

A rèir cathraiche SMG, Niall Friscale, tha an t-airgead na "cheum cudromach a dh'ionnsaigh stèidheachadh seirbheis dhìdseatach Ghàidhlig" agus "a bheir gu luchd-amhairc air feadh na dùthcha prògraman telebhisein sònraichte a tha bonntaichte ann an cultar na Gàidhlig agus a' sealltainn miannan Ghàidheil ann an Alba an latha an-diugh, agus tha sinn toilichte gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic dhuinn."

"Bho thùisich Riaghaltas na h-Alba ann an 1998, b' ann bhuaithe a thàinig a' chuid as motha de mhaoinachadh airson telebhisean Gàidhlig," thuirt e. "Bheir am meudachadh £3m seo cothrom air an t-sianal Ghàidhlig a chur air bhog nas fhaide air adhart sa bhliadhna."

HIE a' maoinachadh seanal didseatach Gàidhlig

Thàinig seanal didseatach Gàidhlig ceum nas fhaipse air craoladh an dèidh do Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean £250,000 a thoirt seachad airson seòmar-craolaidh a stèidheachadh ann an Steòrnabhagh.

Tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a-nis aig ìre dheireannach tuairmeas coitcheann a chur air chois leis a' BhBC airson seanal didseatach a ruith bho tràth sa mhadainn gu beul na h-oidhche, a' toirt seachad uair-a-thìde gu leth de stuth ùr gach latha.

Airson meudachadh a thoirt ann a bhith a' dèanamh phrògraman, agus airson obair gu h-èifeachdach còmhla ris a' BhBC, agus an deasachd theicnigeach a thoirt seachad, tha GMS a' planadh £1.3 airson cunntas às ùr air na goireasan.

Tha oifisean air mhàl gu GMS an-dràsta bho Chomhairle nan Eilean Siar, le seòmar-craolaidh agus àite-claistice, ann an Steòrnabhagh. Ach, o chionn ghoirid, thog aithisg cunntas air grunn de dh' adhartas teicnigeach air a bheil feum airson seanal ùr didseatach.

Tha iad seo a' toirt a-steach adhartas a thaobh goireasan an stiùidio gus am faigh luchd-phrògraman neo-eisimeilich cothrom cur ri grunn sheòrsa prògram. Tha feum cuideachd air ceangal nas fheàrr airson seirbheis naidheachd a' BhBC stèidhichte ann an Inbhir Nis, goireasan ùra deasachaidh, agus saideal air ghluasad airson naidheachd, spòrs agus tachartasan a sgoailleadh.

Thuirt Uilleam Roe,

cathraiche HIE: "A lean-tainn air ar plana Gàidhlig, tha HIE toilichte cur ris a' phròiseict chudromach seo. Nì seo cinnteach gum bi cruinneachadh gnìomhachais cruthachail cudromach ann an Innes Gall agus a tha a' leigeil le teicneòlas phrògraman agus sgilean a bhith ann agus le bhith gan cur a-null gun dragh sam bith, gu prìomh-oifis ùr a' BhBC ann am Pacific Quay, Glaschu."

"Tha ar maoinachadh anns an ìre teicneòlais seo a' cuideachadh le bhith cumail sgilean barraichte ann an Steòrnabhagh agus a' cruthachadh obair spreò-

dach, aig ìre àrd, a tha a' brosnachadh dualchas na Gàidhlig tro dhòigh fhiùghantach agus cruthachail."

Thuirt ceannard GMS, Dòmhnall Caimbeul: "Tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean air a bhith air leth taiceil. Agus tha e a cheart cho cudromach gu bheil HIE agus GMS le chèile airson piseach a thoirt air coimhearsnachd chruthachail na Gàidhlig tro chothroman leasachaidh, trèanadh teicnigeach agus goireasan aig fìor àrd ìre. Tha mòran obrach ri dhèanamh sna bli-

adhnaichean a tha romhainn agus tha mi air leth toilichte gu bheil cothrom ann airson nan Eilean Siar a bhith aig teis-meadhan libhrigeadh seirbheis Ghàidhlig ùir agus a bhith, tha min dòchas, na àite cudromach ann an gnìomhachas nam meadhanan ann an Alba."

Thathar an dùil gun crìochnaich an obair air an stiùidio thar mìosan an t-samhraidh.

Na creid gach nì a chluinnear...



Cathaidh Màiri Nic a'Mhaoilein

Tha na pàipearan-naidheachd air bhoil thairis air na seachdainean seo, agus tha gu leòr a' dol a chumas cagnadh riutha. Am measg na tharraing m'aire fhèin, eadar gach nì cudromach a tha a' dol san t-saoghal, tha e do-chreidsinneach gu bheil Riaghaltas Bhreatainn ann an suidheachadh far a bheil dùthchannan eile a' dèanamh tàir air an dòigh san tug iad cead dha na seòladairean a chaidh a shaoradh à Iran, an sgeulachd innse dha na meadhanan.

Tha cuid a' cumail a-mach gur iad an Riaghaltas fhèin a chur na h-agal-lamhan eadar na seòladairean agus na pàipearan sin air dòigh. Agus mar as abhaist, tha Tony Blair a' dèanamh deagh oidhirp air e fhèin a chumail glan. Chan eil mi a' toirt samhla dha ach Pilate a' glanadh a làmhnan.

Chan eil teagamh sam bith agam nach robh eagal am beatha air na seòladairean fhada 's a bha iad am bruid, ach chan eil mi den bheachd gun robh còir aca an sgeulachd a reic. Th'ad air tastan an rìgh a ghabhail, cha shaoilinn gum bu chòir dhaibh a bhith air sgillinn ruadh a ghabhail bho na pàipearan-naidheachd, 's ann a bha iad a' dèanamh an dleasanais, agus tha cùisean buileach tiamhaidh, seach gun deach feadhainn eile a mharbhadh ann an Iorac an dearbh latha a chaidh an saoradh. Mar as motha a chluinneas sinn mu shaighdearan a' dol dhan chogadh gun armachd freagarrach agus an dìth suim a th'air an riaghaltas mun deidhinn, biodh iad beò no marbh, no a' tilleadh dhachaigh air an droch leòn 's ann as motha a tha sinn a' cur na ceist, dìreach dè seòrsa trèanaidh a th'ad a' faighinn, agus dè an suim a th'air riaghaltas dhiubh. Feumaidh mi a ràdh gu bheil mi tingeil nach eil duine a bhuineas dhomh san arm agus tha mo bheannachd agus mo spèis aig an fheadhainn a tha an cunnart am beatha, agus mo thruas agus m'ùrnaigh an cois nan teaghlachan aca.

Saolaidh tu, aig amannan, gu bheil na meadhanan a' riaghladh ar dùthcha, agus gu bheil an riaghaltas a' geilleadh dhaibh. Dh'aindeoin sin, feumaidh mi a ràdh gu bheil na meadhanan air iomadh mì-cheartas a rinn an Riaghaltas seo a thoirt am follais agus 's math sin oir tha iad air iad fhèin agus sluagh

ar dùthcha a mhaslachadh ann an sùilean an t-saoghail, iomadach uair, bho chaidh an cur an sàs o chionn deich bliadhna. Dè thachair dha dùthaich Chriosdail, onarach Bhreatainn, aig an robh armachd, feachd an adhair agus nèibhidh a bha ainmeil air feadh an t-saoghail? Chreidinn fhìn anns an fhar-saingeachd gu bheil a' mhòr-chuid de luchd-armaichte ar dùthcha rim moladh, ach mar iomadach rud eile, 's e aon no dhà a tha a' toirt droch chliù mun clagainn.

Ach mus tòisich sibh a' gul, seallaibh air na cinn naidheachd a bh'air na pàipearan aig an deireadh sheachdain a chaidh? Cò ach am Prionnsa bòidheach, eireachdail, Uilleam? A bhalaich ort, bu dualach do dh'isean an ròin a dhol chun na mara! Nach robh iomadach bràmair aig athair fhèin mus do phòs e?

'S iomadh suirghe chnapach a rinn Teàrlach. Bheil fhios agad, ged a tha beagan truais agam ri Ceit Middleton chòir, chanainn gu bheil i gu math nas fheàrr a-mach às a' ghnothaich. Chan eil againn ach ri cumhneachadh air mar a chaidh dha Diana bho chd agus luchd-naidheachd agus am Paparrazzi ga leantainn gach mionaid de beatha eadhon gu mionaid a bàis. A rèir coltais ged-thà, bha trioblaidean ann an eachdraidh Diana chòir, mus deach i an lùib Theàrlach idir. Tha coltas air Kate Middleton gu bheil i tural agus tonaisgeil, seaghail agus modhail agus gu math ciallach na giùlan, eu-coltach ri bràmair Haraidh bochd. Tha i sin nas coltaiche ri mar a bha Fergie. Ach saoilidh mi nach e seo an rud mu dheireadh a chluinneas sinn mu Cheit idir. Cluinidh sinn fhathast mu deidhinn. Bidh na pàipearan-naidheachd a' cumail geur-shùil oirre, seach nach eil an còrr aca ri dhèanamh, gus am faigh iad grèim air cuideigin eile.

Tha na meadhanan a' toirt geur shùil air na pàrtaidhean agus poileasaidhean aig àm taghaidh Phàrlamaid na h-Alba. Agus tha mi creidsinn gu bheil sin cothromach gu leòr, tha bhòtairean ag iarraidh gum bi earbs' aca sna pàrtaidhean. Tha fhios gu bheil an cumhachd aig na meadhanan stiòladh a dhèanamh agus deagh chliù dhaoine a thoirt air falbh agus gu feum iad a bhith gu math faiceallach nan giùlan. Ach tha làn fhios cuideachd nach eil suim sam bith aig cuid de na pàipearan-naidheachd a bheil iad ag innse na firinn no co dha a bheir iad cràdh no oibhluim, agus gu cinnteach ged a tha cuid de phàipearan-naidheachd a' lèimhseachadh ghnothaichean ann an dòigh a tha cothromach, tha cuid air nach eil leig sam bith a' bhreug fhoillseachadh. Mo chomhairle fhìn? Ma chreideas tu na chluinneas tu, faodaidh tu na chì thu ithe.

Dràma na Gàidhlig, le Magaidh Nic a' Ghobhainn

Na Sgrìobhadairean Ùra

Aig fèis ùr An Lanntair, Mach ann an Deich (12-17mh den Mhàirt) chaidh ceithir deug de dhealbhan-cluiche ùr air an àrd ùrlar. Am measg nan sgrìobhadairean bha ochnar nach robh air càil a sgrìobhadh airson stèidse roimhe seo.

Sgrìobh Eilidh Nic Iain à Baile na h-Iolair ann an Rubha fear dhiubh. Chan e a-mhàin gun do sgrìobh i an sgrìobht aig gu robh i a' stiùireadh a co-aoisean airson a chur air an stèidse. Tha Eilidh ri bliadhna deug a dh'aois agus i na sgoilear ann an Sgoil Phabail. Thuirt i: "Chòrd e rium agus dh'ionnsaich mi tòrr rudan ri linn Pàrtaidh Granaidh a chur a-steach gu Mach ann an Deich. Eadar dòighean sgrìobhaidh nan sgrìobtaichean, na rudan a dh'fheumadh stiùiriche a dhèanamh, gu maise-gnùis airson na cluicheadairan a dhèanamh gu bhith coimhead nas sine. Air an oidhche bha mi nearbhasach an toiseach ach nuair a chuala mi daoine ag gaireachdainn, thòisich e a' còrdadh rium an uairsin."

"Bha còineag de na caraidean agam còmhla rium agus fhuair sinn cuireadh am Pàrtaidh a dhèanamh a-rithist agus bu

chaomh leinn uile tuilleadh actadh a dhèanamh, ma bhios cothroman sam bith ann. Tha mi air tòiseachadh air an ath sgrìobt 's bidh i agam ma thig cothrom eile an-àrde. Bu chaomh leam a dhol dhan cholaiste dràma agus thèid Mach ann an Deich air an CV agam."

Bha buidhnean òigridh eile an làthair anns an Lanntair an lùib na fèise. Leis an dealbh-chluich An Hearach Factor bha sgoilearan a' àrd sgoil Sgoil Eideirt Scott air an Tairbeart. Mhìnich iadsan le ceòl rock dè a bha san Hearach Factor.

'S math 's fhiaich sùil a chumail air na daoine òga ann an Airidh an Tuim anns na bliadhnaichean a tha romhainn. Chunnaic sinn Sgoil Airidh an Tuim nam bòtan 's nan aparain obharail, ann an sgioba Buain nam Mònadh. Bha deugairean na sgìre, Buidheann Òigridh Airidh an Tuim, a seòrsaigeadh beauty creams, dup chao-rach, teabags le streang agus dòigh air a blow down a chur ceart.

Thàinig Buidheann Dràma Òigridh Inbhir Nis air thuras a Leòdhas le Macbeatha aig Shakespeare, agus cha robh Shakespeare a-riamh cho beòthail le tòrr gluasaid mheur, dannsa agus glè bheag a chòmhradh.

Thuirteach-labhairt bhon Lanntair:

"Bha sinn uabhasach toilichte leis an àireamh sgrìobhadairean agus actairean a ghabh pàirt ann am Mach ann an Deich. Eadar na sgoiltean air Oidhche Mhàirt agus Oidhche Haoine 's Oidhche Shathairne, chunnaic sinn fichead dealbh-chluich agus chaidh còrr air ceud daoine fichead air an àrd ùrlar, thairis air na trì oidhche. 'S fhada bho nach do thachair a leithid air a' Ghàidhealtachd. B' e seachdain fìor mhath a bha againn."

Tachartasan Dràma na Gàidhlig

Mar phàirt de Fhèis Chultair na Gàidhealtachd 2007 tha buidheann Dràma Inbhir Nis a' cur an deilbh-chluich Coinneach Odhar air an stèidse aig Taigh-cluiche Florians ann an Inbhir Nis air 26mh-29mh den Ògmhios.

Gach oidhche bidh dà dhealbh-chluich ri fhaicinn agus Brahan Seer sa Bheurla air a thaisbeanadh le na Florians. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte ann an Coinneach Odhar agus Brahan Seer 's chaidh gach sgrìobt a sgrìobhadh le Tormod a' Bhocsair à Nis.

Bu chòir mios an Dàmhair am-bliadhna a bhith air a h-ainmeachadh mar "Mios na

Dràma"

Aig Mòd Loch Abair air 17mh den Dàmhair bidh Sgioba Dràma Uibhist, Buidheann Dràma Inbhir Nis agus Buidheann Dràma Cille Mhoire a' cur air adhairt oidhche de dhealbhan-cluiche anns a' Ghearastan.

Aig Fèis Dràma na h-Alba, 18-22mh den Dàmhair ann an Inbhir Nis bidh cothroman aig luchd-amhairc a dhol a dh'fhaicinn còig tachartasan dràma gach latha. Tha cothrom aig actairean no daoine a lùgeadh a dhol air àrd ùrlar, a bhith an lùib nan deich bùithtean-obrach a thathas a' tabhann thairis air na ceithir latha. Tha companaidhean Theatair a' tighinn às an t-Suain 's à Sasainn, 's dùil ri stiùirichean ainmeil à Ameireagaidh a nì Masterclasses ann an obair-stèidse.

Air Latha Mòr na Gàidhlig air an 30mh den Dàmhair ann an Inbhir Nis bidh seachd ceud sgoilear às na h-Ionadan Gàidhlig bho air feadh Alba a' tighinn cruinn airson latha de bhùithtean-obrach dràma agus cleasachd. Tha an tachartas seo a' comharrachadh fichead bliadhna de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, air a mhaoinachadh le Bòrd Na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Fàisg air £5 millean dha foghlam

Gheibh sgoilearan air feadh na h-Alba buannachd leis gun deach faisg air £5 millean a bharrachd a-steach ann am foghlam na Gàidhlig. Fhuair comhairlean a tha a' toirt seachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig £485,000 a bharrachd nas àbhaist agus gheibh iad tabhartasan £4.466 millean — tha sin cha mhòr £500,000 a bharrachd air na fhuair iad an-uiridh.

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar phrìomhachas ann an ath-bheothachadh is leasachadh na Gàidhlig is tha ministearan den bheachd gum bi an t-airgead seo a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air an t-

solarachadh air feadh na dùthcha.

A' bruidhinn an uair a bha e a' tadhal air aonad Gàidhlig Bun-sgoil Lacasdail thuirt Ministear an Fhoghlaim Ùisdean Mac Eanraig: "Tha an ginealach de Ghàidheil oga a tha ag èirigh suas a' faighinn na buannachd a th' ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn airson togail air an t-soirbheachadh seo agus airson dèanamh cinnteach gum bi sgoilearan a' faighinn na taic as fhearr."

"Tha an t-airgead a bharrachd seo a' dearbhadh ar dealais don chànan agus tha e na dheagh naidheachd do na sgoiltean a tha an sàs ann."

"Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' soirbheachadh, tha àireamh nan sgoilearan air a dhol an-àirde agus tha barrachd chlasaichean Gàidhlig ann na bh' ann a-riamh. Nì na sgoilearan seo cinnteach gum bi a' Ghàidhlig soirbheachail san àm ri teachd."

Thàinig an t-airgead a tha seo bho bhuidseatan a chaidh ath-riarachadh an taobh a-staigh sporan ministear an fhoghlaim airson comhairlean a chuideachadh le cosgaisean foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig a thoirt seachd sna sgìrean aca.

Ag ullachadh airson Mòd Ionadach na Dreòlluinn

Tha Mòd Ionadach na Dreòlluinn — Mòd Ionadail Mhuile agus Idhe — a' dol am meud am-bliadhna, a' ruith thairis air dà latha airson a' chiad uair.

Thèid an cruinneachadh a chumail aig toiseach an t-Sultain, le farpaisean na cloinne air Dihaoine 7 Sultain agus na h-inbhich air an là as a dhèidh.

Thuirt Seònaid NicDhòmhnaill, ball de dh'ard-chomhairle a' Chomuinn Ghàidhealaich: "Tha am Mòd ionadail seo air a bhith fàs gach bliadhna, gu sònraichte ann am farpaisean nan inbheach, bhon a ghluais iad bhon Ògmhios don t-Sultain o chionn deich bliadhna."

"Chan eil àireamhan na h-òigridh air a bhith ro dhona, ach chan eil e furasta do sgoiltean a bhith an làthair Disathairne mura bi cothrom aig luchd-teagaisg agus luchd-taic a bhith còmhla riutha."

"Dh'aontaich Comataidh a' Mhòid gur e seo < Bliadhna Cultar na Gàidhealtachd > an t-àm as fhearr airson Mòd Ionadach na Dreòlluinn a leudachadh gu dà latha. Tha an Comataidh an dòchas gum bi sgoiltean agus eile

air am brosnachadh airson pàirt a ghabhail Dihaoine."

Gheibhear clàr na bliadhna seo bho Iain MacFhionghain, am fear-cathrach le bhith fònadh thuige air 01688 302408 no post-dealain imk<@>achadh-beag.fsnet.co.uk. Gheibhear am fiosrachadh cuideachd bho Riona Nic ille Bhàin air 01680 300551 agus riona.whyte<@>btconnect.com.

A chionn 's gum bi Mòd dà latha a' cosg tuilleadh, aig a' cheann thall, na am Mòd àbhaisteach, tha an Comataidh a' cur air dòigh consairt aig Caisteal Dhubhaird, air an 26mh là den Chèitean, le cead Shir Lachainn Mhic 'ill Eathain, ceannard Chloinne 'ic 'ill Eathain.

Thuirt Seònaid: "Aig an àm seo, tha sinn cinnteach gum bi na leanas an làthair: Jenna Cumming, Sineag Nic an t-Saoir, Kirsty Nic Fhionghain, Catriona Watt agus Alasdair Mac 'ille Bhàin. A' cumail taic ri na seinneadairean ainmeil seo air a' phiàna bidh Raymond Bremner."

"Nuair a ruigeas daoine an Caisteal, cluinimidh iad ceòl na pioba, air a chluich le Niall Mac

Chaluim, piobaire à Muile fhèin. An uair sin gheibh iad deoch mus tèid iad gu Talla na Cuirme airson Suipear Sòghail a bhios a' toirt a-staigh a' bhidhe as fhearr a gheibhear anns na h-eileanan. Cuideachd, bidh rudan ri fhaicinn a bhios ri reic ann am Feill-Reic Diomhair. Aon rud a bhios ann - 's e Cuairt den Chais-teal airson dithis còmhla ri Sir Lachainn fhèin."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun Fhèill Reic Diomhair air làrach-lìn Còisir Ghàidhlig an Eilein Mhuilich: www.mullgaelicchoir.co.uk bhon chiad là den Chèitean.

Bidh tiocaidean airson a' Chonsairt, aig £20 gach neach, rim faighinn bho Sheònaid aig Cnoc nan Sgillinn, Tobar Mhoire, Muile; 01688 302351 janet@macdonald2351.freeserve.co.uk

Ged is e prìomh amas a' Chonsairt seo airgead a thrusadh airson Mòd Ionadach na Dreòlluinn, tha an comataidh cuideachd an dùil taic a thoirt dha Mòd Nàiseanta Rìoghail 2009 anns an Òban.

Crathadh eile ann an luchd-obrach saoghal a' chànanain

Tha àrd-oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich, Calum Iain MacLeòid, dol a ghluasad a-nall gu Comunn na Gàidhlig.

Tha Mgr MacLeòid air a bhith aig a' chomunn airson bliadhna agus bhon ath-mhios bidh e ag obair ann an oifisean CNAG ann an Steòrnabhagh mar stiùiriche leasachaidh.

Thuirt e: "Tha mi air leth toilichte a bhith a' gabhail ris an dreuchd mar stiùiriche leasachaidh aig Comunn na Gàidhlig. 'S e àm brosnachail a tha seo a bhith an sàs ann an leasachadh Gàidhlig agus ged a tha iomadh dùbhlain mu ar coinneimh ann a bhith a' feuchainn ri bacadh a thoirt air lùghdachadh àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig tha mi smaoinichadh gu bheil Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt dhuinn chothroman airson adhartas a dhèanamh."

"Nam bheachd-sa tha ùghdarras aig CnaG cànan a leasachadh agus tha na h-Eileanan Siar deatamach airson nan h-oidhirpean a tha a' dol air adhart an-dràsta a thoirt gu buil."

Thuirt Eairdsidh MacIlleathain, a bha air a shuidheachadh bho chionn ghoirid

ann an oifis Inbhir Nis mar Cheannard CNAG: "Tha sinn toilichte fàilte a chur air Calum Iain don dreuchd chudromach seo. A bharrachd air a bhith a' cur air bhonn leasachaidhean Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar bidh raon ùghdarras nàiseanta aig an dreuchd seo gu pròiseactan ùr-ghnàthach ro-innleachdail a dhealbhadh airson Gàidhlig a bhrosnachadh agus a h-inbhe àrdachadh aig ìre coimhearsnachd."

"Tha Calum Iain a' tighinn gu CnaG le eòlas farsaing an dèidh dha a bhith ag obair ann an comhairle ionadail, ann an roinn ionmhas phrìobhaidich, ann an craoladh Gàidhlig agus mu dheireadh mar cheannard aig A' Chomuinn Ghàidhealach. 'S e àm inntinneach dhùbhlanaich a tha seo dhan Ghàidhlig agus tha mi misneachail gu bheil CnaG ann an deagh shuidheachadh gus gabhail ri na dùbhlain sin an co-bhonn ri buidhnean eile."

An dèidh deich bliadhna aig CnaG tha Dòmhnall Màrtainn, a bha na cheannard fad bhliadhnanach, a' leigeil dheth a dhreuchd gu h-oifigeil aig deireadh na h-ath mhios.

Mus do thòisich e aig CnaG ann an 1997 bha e na iar stiùiriche rianachd aig Comhairle nan Eilean an dèidh dha tòiseachadh ag obair ann an ùghdarras ionadail ann an 1975, a' bhliadhna a chaidh a' chomhairle a stèidheachadh.

A' toirt iomradh air na h-atharrachaidhean aig CnaG, thuirt e: "Tha mi toilichte leis an dithis neach a tha sinn air fhas-tadh aig àrd-ìre agus tha sin a' toirt gu crìoch an sgrùdadh air structair a thòisich sinn bho chionn 18 mìosan air ais. Tha mi misneachail leis an sgioba stiùiridh làidir a tha suidhichte a-nis gum bi an structair agus an luchd-obrach aig CnaG airson gabhail ri na dùbhlain a tha mun coinneimh. Tha mi air deich bliadhna shona, thorrach a chaitheamh aig CnaG, tha mi air tòrr ionnsachadh agus tha mi a' smaoinichadh gu bheil sinn air mòran a chòileanadh. Tha mi cinnteach gun tèid a' bhuidheann bho neart gu neart agus tha mi a' guidhe gach deagh shoirbheachadh don Bhòrd agus don luchd-obrach sam àm ri teachd."

Air chuairt tro

Earra-Ghàidheal is Bhòid



Duais Aqualibrium

Chaidh duais eile a thoirt do ionad coimhearsnachd ann am Baile Chill Chiarain.

Chan eil ach seachdainean bho chaidh duais chliùiteach a thoirt do Aqualibrium airson mar a tha an togalach air a dhealbhadh, agus air a' mhios a

chaidh seachad chaidh ainmeachadh ann an duaisean airson cuid de na toglaichean poblach as fhearr air feadh Bhreatainn.

Thog na britheamhan air mar a tha na goireasan spòrs air an dealbh agus mar a bha iad a' cur ri àrainneachd Bhaile Chill

Chiarain.

Thuirt iad: "Tha an togalach a' cleachdadh measgachadh de stuth freagarrach is simplidh a tha a' taisbeanadh suidheachadh an togalaich eadar am baile agus a' phàirc."

Seann ghàrraidhean leasaichte

Tha pròiseact gus seann ghàrraidhean, a tha a' dol air ais gu linn Bhictoria, a leasachadh an ìre mhath crìochnaichte.

Thòisich an obair air Eilean Bhòid bho chionn sia mìosan agus 's e a' chompanaidh, Cambridge Glasshouse, a tha an urra ris a' chùmhann. Leig iad seachd taighean-gloinne a chaidh a thogail ann an 1919 agus thog iad as ùr iad a-rithist san t-seann dhòigh.

'S ann le Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid a tha na gàrraidhean agus tha iad air leth tarraingeach do luchd-turais.

Thuirt stiùiriche seirbheisean cur-seachad aig a' chomhairle, Stiùbhart Turner: "Tha mi fìor thoilichte gu bheil a' phròiseact seo faisg air a bhith seachad. Airson iomadh bliadhna a-nis tha na gàrraidhean aig Àrd na Creige air a bhith a' taisbeanadh sìtheanan air leth."

Chosg a' phròiseact faisg air £500,000 agus chaidh taic-airgid fhaighinn bhon chomhairle agus bhon chompanaidh iomairt ionadail.

Thuirt stiùiriche na pròiseict, Paul Osborne: "Bha a' phròiseact duilich a

dhealbhadh oir cha robh na ballachan a' ruith còmhnaid. Ann an linn Bhictoria, nuair a chaidh na taighean gloinne a thogail an toiseach, bhiodh e an ìre mhath furasta an stuth a ghearradh aig an làraich agus a chur an sàs, ach nuair a tha thu a' dèiligeadh le iarann feumaidh tu a dhèanamh ro làimh."

Chaidh cuideachd an dèanamh ann an dòigh a bhios freagarrach dha luchd-ciorramach, ach tha e gu mòr stèidhichte air mar a bha iad bho thùs.

A' leudachadh Stramash

Thèid leudachadh a thoirt air iomairt sònraichte gus daoine òg a bhrosnachadh ann a bhith gabhail barrachd eacarsaich a bheir dhaibh eòlas air an cuid àrainneachd.

Tha "Stramash" air abhith a' ruith airson trì bliadhna agus an dèidh do Chomhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid barrachd airgid fhaighinn bhon Chrannchar Nàiseanta roghnaich iad a chumail a' dol, le beagan maoinichadh bhon sporan

aca fhèin.

Thuirt Calum MacPhaidein, stiùiriche ath-leasachaidh coimhearsnachd aig a' chomhairle: "Bho 2003 tha 7,000 duine air pàirt a ghabhail ann an rudan mar seòladh, sreap chreagan, cuairtean is orientearadh."

Thèid prògram samhraidh a chur air chois airson an Iuchair agus an Lùnastail gus coinneachadh ri feumalachdan an fheadhainn a sheall ùidh ann.

Bithear cuideachd ag obair còmhla ri sgoiltean is

buidhnean spòrs airson dèanamh cinnteach gum faigh iad an làn bhuannachd bho àrainneachd shònraichte na sgìre.

Tha Stramash air an t-Sitig air fhaicinn riatanach airson caithe-beatha na h-òigridh san àm ri teachd agus thatar a' rannsachadh an gabh urras chathrannais a chur air chois airson cuideachadh le bhith ga ruith.

Ionad Chaluim Chille Ìle Manaidsear an Ionaid



Dh'fhosgail Ionad Chaluim Chille air eilean Ìle san Lùnastal 2002 mar ionad dualchais agus cànan na Gàidhlig. Bhon uairsin tha an t-ionad air a bhith na bhuannachd mhòr don choimhearsnachd le bhith a' cur air dòigh cùrsaichean is seirbheis cùram-cloinne sa Ghàidhlig, cuirmean-ciùil, is pròiseactan sònraichte eile leithid Seanchas Ìle is Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra.

Thathar a-nis a' sireadh iarrtasan airson dreuchd Manaidsear an Ionaid aig am bi cleastanas na h-obrach seo a thoirt air adhart ann an compàirt ris an sgioba obrach is stiùirichean a' chompanaidh. Bu chòir do thagraichean bhith comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, le teisteanas ceum àrd-ìre agus eòlas iomchaidh air obair leasachaidh sa choimhearsnachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh is foirm iarrtais, cuiribh fios gu Robin MacMhuirich, Cathraiche, Ionad Chaluim Chille Ìle, air 01496 810818 no fios@ile.ac.uk

Bu chòir tagraidhean a bhith a-staigh ro Dihaoine 4 Cèitean 2007.

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Ionad Chaluim Chille Ìle agus cuirear fàilte air iarrtasan bho gach roinn den choimhearsnachd.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig ga chur air bhog

Chaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig — air am bi soirbheachas a' chànain gu mòr a' crochadh sna bliadhnan ri thighinn — a chur air bhog gu h-oifigeil le Riaghaltas na h-Alba aig deireadh a' Mhàirt.

Tha an roi-innleachd a' dealbhachadh slighe còig bliadhna dhan riaghaltas, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach agus na roinnean prìobhaideach agus saor-thoileach.

Tha am plana a' bualadh gu sònraichte air adhartachadh agus leasachadh a' chànain gus daoine a mhisneachadh gu bhith ga h-ionnsachadh agus ga cleachdadh, còmhla ri dòighean air inbhe a' chànain àrdachadh.

Tha e air taic fhaighinn bho bhuidhnean anns na roinnean poblach agus prìobhaideach mar Homebase, Caledonian Mac a' Bhriuthainn, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Thuir ministear a' chultair, Patricia NicFheargais: "Bu chòir dha Alba a bhith moiteil às an eachdraidh phrìseil a tha aig a' Ghàidhlig, às a neart aig an àm seo agus a soirbheachadh san àm ri teachd."

"Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig na phàirt chudromach ann an cruthachadh seasmhachd dhan Gàidhlig san àm ri teachd."

"Tha e a' sealltainn mar a mheudaicheas sinn an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig, mar a nì sinn Gàidhlig nas follaisiche agus mar a thogas sinn misneachd barrachd dhaoine gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan, gu bhith ga h-ionnsachadh, agus ga bruidhinn taobh a-staigh an teaghlachain."

"Tha mi ag iarraidh air a h-uile seòrsa buidhne — poblach, prìobhaideach, saor-thoileach, Gàidhlig agus eile — prìomhachasan anns a' Phlana Nàiseanta a bhiodh freagarrach dhaibh, a chomharrachadh agus an uairsin ceuman a ghabhail airson cuideachadh gan coileanadh."

"Rinn sinn adhartas fìor mhath ann an grunn phrìomh roinnean de leasachadh Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach, leudachadh foghlaim Gàidhlig, obrachadh a dh'ionnsaigh seirbheis

telebhisein didseatach Gàidhlig, barrachd taic dha Sabhal Mòr Ostaig, toirt air adhart Achd Ghàidhlig, stèidheachadh Bòrd na Gàidhlig, adhartachadh nan ealan Gàidhlig agus san fharsaingeachd feuchainn ri iomhaigh agus follaiseachd a' chànain àrdachadh."

Stèidhich Achd na Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig le uallach airson leasachadh ro-innleachdail na Gàidhlig, agus chuir e dleastanas air a' Bhòrd am plana nàiseanta a dheasachadh.

Thuir ceannard Bòrd na Gàidhlig, Ailean Caimbeul: "Tha leasachadh Gàidhlig air mòran adhartais a dhèanamh anns na beagan bhliadhnan a chaidh seachad agus 's e clach-mhìle fìor chudromach eile a th' ann am foillseachadh a' chiad Phlana Nàiseanta na Gàidhlig."

"Thàinig Plana Nàiseanta na Gàidhlig a-mach à saothair agus dealas iomadh duine. Aig deireadh nan trì mìosan de cho-chomhairle phoblach eadar an Lùnastal agus an t-Samhain an-uiridh, tha Bòrd na Gàidhlig riarachd gu bheil am plana a' sealltainn miannan luchd-cleachdaidh agus luchd-taice na Gàidhlig airson leasachadh a' chànain."

"Ach, ged a tha am plana na shlighe air leth cudromach a dh'ionnsaigh tèarainteachd dhan Gàidhlig, aig a' cheann thall bidh coileanadh an amais sin an urra ri co-obrachadh agus compàirteachadh èifeachdach a chumail a' dol thar gach roinn de bheatha na h-Alba."

"S e obair dhùbhlach eile a bhios an seo ach tha mi cinnteach gum bi i inntinneach agus soirbheachail."

Aig an aon àm 's a bha i a' foillseachadh a' phlana dh'ainmich am ministear taic-airgid £29,000 airson Faclair na Gàidhlig — faclair air-loidhne a bhios feumail dha fileantaich, luchd-ionnsachaidh, sgoilearan, luchd-teagaisg agus luchd-dèanamh poileasaidh — agus chaidh £100,000 a thoirt dhan Stòrlann airson stuthan ùra a cheannach airson cleachdadh ann an clasaichean Gàidhlig. Bidh am maoinneachadh sin air a chur gu goireasan IT, stuthan cuspaireach agus taic eile dha sgoilearan."

An roi-innleachd a chuireas a' Ghàidhlig air an t-slighe cheart

Tha cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Mata MacIomhair, ag ràdh gu bheil Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt seachad airson a' chiad turas slighe air leth cudromach a dh'ionnsaigh tèarainteachd don Gàidhlig.

Airson ùine mhòr a-nis, tha an cànan is an cultar air a bhith an aiseimeil dhaoine fa leth is bhuidhnean gu dealasach is gu dìcheallach ag obair cruaidh, is gu tric a' soirbheachadh le bhith a' leasachadh is a' cumail suas a' chànain. Tha seo air Gàidhlig a chumail beò ach cha tug e seachad an stiùireadh ro-innleachdail, am plana airson an àm ri teachd, am mapa-rathaid a bheireadh i bho far a bheil i gu suidheachadh tèarainteachd is, thathar an dòchas, gu fàs

Tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta a dheasachadh air a dhèanamh soilleir ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e na dhleastanas air a' Bhòrd àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh le bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig agus a' cuideachadh a' toirt cothrom do dhaoine air a' chànain agus a' chultar. 'S e sgrìobhainn eachdraidheil a th' ann a' bhùineas don choimhearsnachd Ghàidhlig agus don choimhearsnachd Albannach gu lèir, tha e a' toirt inneal do shluagh na h-Alba leis an toir iad an cànan air adhart às deidh bliadhnan de chionnadh.

Chan e aon bhuidheann a-mhàin a bheir gu buil a' bhuidh mhath a thathar a' sùileachadh bhon oidhirp seo, ach tha e an urra ri co-obrachadh agus

cuideachadh bho iomadh buidheann agus duine fa leth. Chan e a-mhàin gum feum am Bòrd ceanglaichean agus compàirteachasan a dhèanamh ri buidhnean poblach, ach cuideachd ri buidhnean prìobhaideach agus buidhnean coimhearsnachd. Tha sin a' ciallachadh ceangal fiugaireach a dhèanamh ris a' mhòr-shluagh.

Tha mi cinnteach gun tig taic bhon mhòr-shluagh. Faodaidh mi sin a ràdh oir bha an ire freagairt ris a' mhòd co-chomhairleachaidh air an dreachd Phlana Nàiseanta fìor mhisneachail, gach cuid a thaobh meud agus càileachd. Tha còrr air 200 freagairt a thàinig a-steach na fhianais air an ìre ùidh agus taice a tha aig a' Ghàidhlig. Sheall e an fhìor ùidh sa Ghàidhlig ann an Alba agus ann a bhith ga cumail beò.

Chan eil teagamh nach e na bliadhnanachan ri teachd airson mion-chànanan agus cànanan coimhearsnachd aon de na dùbhlain mhòra a tha romhainn uile. Feumaidh sinn an ionannachd cànan a bheir bàs do na mion-chànanan a sheachnadh. Leanaidh beachd coitcheann eile air an t-saoghal tro dhòighean smaoinneachaidh, litreachais agus briathrachais eile, aig diofar bhuidhnean cultarail gu fad-fhulangas eatorra agus buaidh fhìuighaireach air gach raon de dh'ionnsachadh cànan. Ann an Alba notha, sgaoilte, fìor ioma-chultarail, bu chòir gum biodh seo na bhun-amas.

Gun teagamh sam bith tha am Plana seo a' comharrachadh toiseach saoghal ùir don Ghàidhlig. Bu chòir gun toireadh e dòchas agus misneachd don choimhearsnachd Ghàidhlig fhèin a tha air a' Ghàidhlig a ghleidheadh mar chànan beò agus mar stòras luachmhor

Air chuairt tro sgìre na Gàidhealtachd

A' reic nam pùirtean Gàidhealaich

Bha riochdairean bho chòig phàirt air Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan thall ann am Maimi bho chionn ghoirid gus feuchainn ri soitheachan luchd-turais Aimeireaganach a thàladh dhan sgìre.

A' taisbeanadh aig a' chruinneachadh eadar-nàiseanta bha daoine bho Liùrabhaig ann an Sealainn, Baile na h-Eaglais ann an Arcaibh, Scrabster, Inbhir Gordain is Pòrt Rìgh còmhla ri còig pùirt eile an Alba —

Obar Dheathain, Grianaig agus Fairlie.

'Se an cruinneachadh as motha san t-saoghal agus e toirt a' chothrom dha diofar àiteachan an cuid sheirbheisean a thabhann dha feadhainn de na daoine as cudromaiche sa ghnìomhachas.

Thatar an dòchas iomairt shònraichte a chur air dòigh ann an dà bhliadhna fon t-ainm "Tighinn Dhachaigh a dh'Alba" agus thatar dhen bheachd

gum bi a' mhargaidh Aimeireaganach cudromach san t-seagh seo.

Thuir Gordon Ireland, oifigeir turasachd Chomhairle na Gàidhealtachd: "S i aon de na ciad ceistean a thèid fhaighneachd dhut 'dè a tha ùr an Alba' agus le soithichean an luchd-turais mar as trice a' coimhead dà bhliadhna air thoiseach orra, 's cothrom miorbhaileachd a tha seo na tha san amharc againn le Tighinn Dhachaigh a dh'Alba a thaisbeanadh."

Airgead an sgrìos

Gheibh Comhairle na Gàidhealtachd £4 millean bho Riaghaltas na h-Alba airson an cuideachadh le bhith pàigheadh airson an sgrìos a chaidh a dhèanamh ann an tuiltean na bliadhna an-uiridh a chàradh.

Bha mòran bhailtean ann an sgìrean Rois fo bhùrn fad làithean ann an stoirmean an Dàmhair nuair a thàinig uisge mòr is gèiltean.

Tha a' chomhairle air a bhith pàig-

headh airson an sgrìos a chàradh, ach fhuair iad togail nuair a dh'aontaich an Riaghaltas suim shònraichte, luach £4 millean, a thoirt dhaibh. Tha iad cuideachd dol a bheachdachadh air £2.3 millean eile a thoirt seachad, suim a phàigheadh airson na h-obrach gu lèir.

Thuir neach-gairm na comhairle, Alison Magee: "S e naidheachd mhath dha-rìribh a tha seo bhon Riaghaltas. Tha iad air aontachadh pàigheadh

airson na tha sinn air a dhèanamh gu seo agus tha iad air leigeil fhaicinn gum bi barrachd taic ri fhaotainn sna mìosan a tha romhainn aon uair 's gum bi sinn air an obair a dhèanamh."

Ged a bha tòrr dhen sgrìos ri fhaicinn ann an Sìorachd Rois chaidh barrachd croin a dhèanamh ann an àiteachan eile cuideachd, mar Inbhir Theòrsa.

Iasad Caley air a phaigheadh air ais

Tha sgioba ball-coise Chaley Thistle air £600,000 den iasad a thug Chomhairle na Gàidhealtachd dhaibh a phaigheadh air ais — tòrr nas tràithe na bha dùil.

Chaidh an t-airgead a thoirt seachad airson an sgioba a chuideachadh ann a bhith leasachadh an raoin-cluiche gu ìre àrd a leigeadh dhaibh cothrom farpais sa Phrìomh Lìog.

Chan eil ach bliadhna bho dh'aontaich a' chomhairle an t-iasad a thoirt seachad agus bha fichead bliadhna aig an sgioba ri phaigheadh air ais.

Thuir an neach-gairm Alison

Magee: "Bha sinn fìor thoilichte cuideachadh a thoirt seachad airson na pròiseict inntinnich seo, a thug an cothrom dha sgioba na geamachan aca a chluich ann an Inbhir Nis agus iad fhèin a stèidheachadh sa Phrìomh Lìog."

"Tha an sgioba air soirbheachas is cliù a thoirt dhan bhaile agus dhan Ghàidhealtachd air fad agus tha sinn uile gu math pròiseil às na tha iad air a dhèanamh."

Thuir Daibhidh Sutherland, cathraiche Urras a' Buill-coise: "Bha cuideachadh agus taic Comhairle na Gàidhealtachd riatanach ann a bhith

dèanamh cinnteach gum faigheadh sinn air tilleadh dhachaigh gu ar dachaigh aig Lann Cluiche Tulloch Chaledonian. Às aonais na rinn iad gach cuid a thaobh airgid is pròifiseantachd, cha bhiodh e air a bhith comasach dhuinne coinneachadh ri na cinn-uidhe a bh'aig Prìomh Lìog na h-Alba.

"Mar sin, tha e cho ceart 's a ghabhas, ged a chaidh 20 bliadhna a thoirt dhuinn, an t-iasad a thoirt air ais dha rèir."

don dùthaich. Tha a h-uile dòchas agam gun gluais am Plana Nàiseanta eachdraidheil seo a' choimhearsnachd Ghàidhlig bho shaoghal le uallaichean nan làithean a dh'fhalbh air a' ghuailnean gu saoghal a tha a' foillseachadh nan làithean ri teachd.



Mata MacIomhair

CalMac a' foillseachadh an cuid phlana

Dh'fhoillsich Caledonian Mac a' Bhriuthainn Plana Nàiseanta na Gàidhlig — a' chiad bhuidheann a th'air a leithid a dhèanamh.

Tha a' chompanaidh gu bhith ag amas air an luchd-obrach aca a bhrosnachadh ann a bhith cleachdadh a' chànain cho mòr 's a ghabhas agus ga cleachdadh ann an conaltradh oifigeil.

Chaidh CalMac ainmeachadh mar aon de na ciad buidhnean a bu chòir plana fhoillseachadh mar thoradh air cho ceangailte agus cho cudromach 's a tha iad do choimhearsnachdan na Gàidhlig.

Thuir àrd-stiùiriche na companaidh, Lawrie Mac na Ceàrdaich: "Mar chompanaidh a tha ag obrachadh seirbheisean aiseig deatamach air costa an iar na h-Alba, tha dlùth-cheangal eadar CalMac agus suidheachadh cultarail, sòisealta agus eaconamach na coimhearsnachd Ghàidhlig."

"Tha sinn dha-rìribh ag aithneachadh amasan agus miannan Bòrd na Gàidhlig. Tha sinn a' creidsinn gu bheil co-cheangal eadar cultar, eaconamaidh, cruinne-eòlas, eachdraidh, dualchas, cuide ris an leantainneachd againn fhèin a thaobh seirbheis luachmhor, a' cur CalMac, mar bhuidheann phoblach mhar-gaideach, ann an suidheachadh làidir gus cur gu mòr ris a' Ghàidhlig, gu h-àraidh ri na h-iomairtean aice leithid a bhith a' brosnachadh turasachd cultarail agus barrachd ceangail ris a' choimhearsnachd. Tha e cudromach dhan

chompanaidh gum bi an luchd-cleachdaidh gar faicinn mar bhuidheann aig a bheil dearbh-aithne chorporra dà-chànanach."

Chaidh Plana Cànan na Gàidhlig a dheasbaid agus aontachadh le stiùirichean roinneil ChalMac agus bòrd nan stiùirichean. Tha an ro-ràdh aige ag ràdh: "Ged a tha taobh samhlaichail cànan cudromach mar thomhas air dearbh-aithne, tha sinn a' cur barrachd luach air a bhith ga neartachadh mar mhòd conaltradh."

"Mar sin, ged a tha e beusach, chan e eacarsaich gun seagh a tha ann, ach oidhirp dha-rìribh gus taic a thoirt do dh'amasan agus miannan Bòrd na Gàidhlig. Tha sinn ag aithneachadh gur e deagh chleachdadh a tha ann a bhith a' tabhann roghainn chànanan don phobal, seach gèilleadh gun fheum. Tha sinn a' cur fàilte air a' chothrom Gus Gàidhlig a dhèanamh abhaisteach taobh a-staigh a' ghnìomhachais againn, gu h-àraidh a thaobh a bhith a' conaltradh leis an luchd-caitheimh againn sna soithichean, ionadan-aiseig agus puirt, ann an sgìrean far a bheilear a' bruidhinn na Gàidhlig."

"Tha sinn cuideachd ag aithneachadh, ged a tha faclan mar 'leasachadh' agus 'arach' ann an co-theacsa cànan, nam briathran a tha ag iarraidh gnìomh agus atharrachadh, gu bheil crìochan ann a thaobh nas urrainnear dha-rìribh a dhèanamh gu h-èifeachach."



Tha a' Ghàidhlig na pàirt sònraichte de dhualchas nàiseanta na h-Alba, agus 's e ar n-uallach mar dhùthaich a cumail beò ann an Alba ioma-chànanach an latha an-diugh.



Tha Achd na Gàidhlig (Alba)2005 a' cur dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh agus chaidh a' chiad plana fhoillseachadh air 26 Màrt 2007.

Tha am Plana a' cur air adhart ro-innleachd airson adhartachadh agus leasachadh na Gàidhlig.

Tha Achd 2005 a' cur riatanas reachdail air Bòrd na Gàidhlig airson ro-innleachd foghlaim mar phàirt den Phlana Nàiseanta.

Tha an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig a' mìneachadh nan ceuman gus am fàs agus an leasachadh a dh' fheumas foghlam Gàidhlig san àm ri teachd a choileanadh.

Anns an t-sealladh aig a' Bhòrd,tha a' Ghàidhlig:

- an roghainn cànan san dachaigh, coimhearsnachd agus an àite-obrach aig àireamh a tha a' sìor fhàs de dhaoine an Alba.

Tha am Bòrd airson gum faic iad:

- meudachadh air cothrom, cleachdadh, leantainneachd agus leasachadh foghlaim tron Ghàidhlig agus foghlam ionnsachadh Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh
- an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig an Alba a' fàs nas seasmaiche..
- meudachadh air inbhe na Gàidhlig agus spèis cho-ionnan ris a' Bheurla..

Tha am Bòrd air comharrachadh diofar gnìomhan gus na h-amasan seo a choileanadh:

- cur an sàs iomairt nàiseanta follaiseachd airson ìomhaigh fhiughaireach a chur air adhart don Ghàidhlig an Alba.
- stèidheachadh sgeama maoinachaidh a bheir taic do dhaoine a tha ag iarraidh an sgilean Gàidhlig a leasachadh agus a leudachadh.
- cur fios gu ùghdarrasan poblach buntainneach ag iarraidh planaichean reachdail Gàidhlig.

- ullachadh stuthan mu na cothro man air cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach.
- sgrùdadh air solar cùraim-chloinne agus bhliadhnachan tràth sa Ghàidhlig gus an solar a tha ann a shoilleireachadh, beàrnan ann a chomharrachadh agus leasachadh air a mholadh.



Bòrd na Gàidhlig -
A' leasachadh na Gàidhlig còmhla.

Fòn: 01463 225 545
post-d: oifis@bord-na-gaidhlig.org.uk
www.bord-na-gaidhlig.org.uk

A bheil sibhse airson sanas a thoirt a-mach a bhiodh gu ùidh a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba?
Ma tha cur fios gu Marina NicLeòid aig An Gàidheal Ùr air 01851703487

No air post-dealan aig sanas@agu.org.uk.

Faodadh sibh cuideachd tadhal air an làrach-lìn againn: www.an-gaidheal-ur.co.uk



Seo Seinn 2007



23 – 27 Giblean

Talla Bhaile
Steòrnabhaigh

Farpaisean Ciùil Seann Nòs,
Nòs Ùr agus Òrain Ùr

Ticeadan aig: An Comunn Gàidhealach

Taigh a' Mhorair Leverhulme

Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhaigh

Eilean Leòdhais, HS1 2DD

Fòn : 01851 703 487

Facs : 01851 706 467

marina@an-gaidheal-ur.co.uk www.seoseinn.co.uk



An còmhlan òg à Alba a bha rin cluinntinn aig an fhèis fad na còig là

Albannaich a' cosnadh duaisean aig fèis mhòr a' Phan-Cheiltich

Chaidh math dha-rìribh do chòisirean à Alba agus iad a' gabhail pàirt ann am Fèis a' Phan-Cheiltich a chaidh a chumail ann an sgìre Dhùn na nGall an t-seachdain a chaidh.

Bhuannaich Còisir Ghàidhlig Ghlaschu farpais seinn nam fear — a' chiad uair a chaidh a bhuan-nachadh le buidheann à Alba — agus chaidh duaisean eile a thoirt do Sgoil Sir E Scott is "Ceòl bho Thuath", buidheann de dh'fhìr bho chòisirean à Cataibh.

Tha an fhèis a' ruith thairis air còig là agus chaidh An tOireachtas, Mòd Nàiseanta nan Èireannach, a chumail aig an aon àm.

Chaidh oidhiche de cheòl Albannach a chumail air an oidhche bho dheireadh den fhèis, a tha toirt ri chèile

luchd-ciùil is seinneadairean à Alba, Èirinn, bhon Chuim-righ agus bhon Eilean Mhanainn.

Thuir Murchadh Moireasdan, oifigear leasachaidh a' Mhòid: "Rinn na daoine à Alba, farpaisich no luchd-frithealaidh, cinnteach gun robh Gàidhlig na h-Alba agus am Mòd air a dheagh riochdachadh

"S e aon dhe na h-amasan a bh' againn le bhith dol chun Phan-Cheiltich agus An tOireachtas a choimhead air adhart ri Mòd 2007 agus bu mhat leinn taing a thoirt do Chomhairle na Gàidheal-tachd agus an taic a thug iad dhan Mhòd agus dhan turas a-nall a LeterKenny."

The crofters' commission is a national body for crofters, representing their interests in economic, social, cultural and environmental matters.

Lùb a' Chaisteil, Inbhirnis IV2 3EQ
Fòn: 01463 663450 Facs: 01463 711820
Post-d: info@crofterscommission.org.uk

Lion: www.crofterscommission.org.uk

Cùrsaichean do luchd-labhairt na Gàidhlig & na Gaeilge

Thathar a' toirt cuiridh dhuibh eòlas a chur air na ceanglaichean prìseil a thaobh cànan agus cultair eadar Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann còmhla rinn airson nan cùrsaichean samhraidh seo a leanas air eileanan bòidheach Ìle agus an Eilein Sgitheanaich.

Ionad Chaluim Chille Ìle
9-13 Iuchar 2007 (ceann-latha 8 Òg-mhios):
Gàidhlig airson luchd-labhairt na Gaeilge
Gaeilge airson luchd-labhairt na Gàidhlig

Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanaich
30 an t-Iuchar - 3 an Lùnastal (ceann-latha 30 Òg-mhios)
20-24 Lùnastal 2007 (ceann-latha 20 Iuchar):
Gàidhlig airson luchd-labhairt na Gaeilge

Sabhal Mòr Ostaig Dàibhidh Byrne Slèite
An t-Eilean Sgitheanaich
IV44 8RQ
+44(0)1471 888240
cg@smo.uhi.ac.uk

Ionad Chaluim Chille Ìle Dòmhnall Angaidh MacIlleinnin Bogh Mòr Eilean Ìle PA43 7LN
+44(0)1496 810300
sm00dam@uhi.ac.uk

an Lanntair

TAISBEANADHEAN
Exploded View - còr nach-eòlas ùr-ùr-ùr. Joe Mahony, bho mheadhan a' Ghàidheal.

TACHARTASAN BEÒ
Quintet Jazz - Cathie Rae
Dhàine 20Giblean, 8L, 8M, 8P, 8T.
Measgachadh riobhaidheach de chlàichean jazz agus math cho-àireamail.

Fèis nan Speulachd
Dìcèid 21 gu Dìathairne 28Giblean, varian is pròisean eadar-dhealaidheach
Fèis Eadar-nàiseanta Ghàidhlig nan Speulachd
Gary Macleòid
Dhàine 5 Cèitean, 8L, 8S. Gearr-chlàichean ùr-ùr-ùr - ghlèidh air tràch!
Duncan Chisholm & Ivan Dwyer
Dhàine 17Cèitean, 8L, 8S, 8T, 8U. Ceòl-ùr-ùr-ùr-ùr-ùr agus fann ìdean.

Dogstar Theatre
Dhàine 19Cèitean, 8L, 8S, 8T, 8U. 'The Faith Quire' - dealbh-chlàichean ùr-ùr-ùr-ùr-ùr a' chòig.

Dean Owens còmhla ri Miles McAdam
Dhàine 24Cèitean, 8L, 8S. Roc Dìathail Albannach.

EOGHILAM
Bùth-obrach Clasaicheil A h-Ìle
Dhàine 7-9, 20J
Bùth-obrach ann am Basgaidean Seilich
8Cèitean.

TAIGH-DHEALSH

Dhàine 18	Hut Fuz 6.00
Giblean	Dreamer's 8.45
Dhàine 19	Dreamer's 6.00
	Hut Fuz 8.45
Dhàine 21	The Reef 2.30
	Blood Diamond 3.30 & 8.30
Dhàine 2	The Illusionist 6.00
Cèitean	Letters from Two Jims 8.15
Dhàine 4	The Last Merry 6.00
	The Illusionist 8.15
Dhàine 10	Becoming Jane 6.00
	Mr Bean Holiday 8.30
Dhàine 11	Becoming Jane 6.00
Dhàine 16	Meet the Robinsons 4.00
	300 8.15
Dhàine 18	Meet the Robinsons 6.00
	300 8.15

01851 703 307 www.lanntair.com
An Lanntair, Strath, Corry, Strathclyde, Strathclyde

Na taghaidhean



Iain Fearchar Rothach



agus an teaghlachan a leas curam sam bith a bhith orra mu chosgais curaim.

Rinn sinn cinnteach gum biodh sgrùdaidhean air fradharc agus fiaclan an-asgaidh dha na h-uile duine — a' ciallachadh gun tèid trioblaidean a ghlacadh mus dèan iad call.

Agus rinn sinn siubhal air busaichean an-asgaidh do pheinnseanairean air feadh Alba.

Ann an Sasainn, far a bheil na Làbaraich sa Riaghaltas nan aonar, cha deach càil dhen sin a dhèanamh. Ann an Alba 's e na Libearalaich Deamocratach a th' air an eadar-dhealachadh a dhèanamh.

Ach tha tuilleadh bu mhiann leinn a dhèanamh. Tha tòrr againn san amharc airson Alba thoirt air adhart.

Eucoir — tha sinn ag iarraidh mìle oifigear poilis coimhearsnachd a bharrachd airson eucoir a ghearradh gus am bi daoine a' faireachdainn nas sàbhailte, agus binn coimhearsnachd tòrr nas cruaidhe a bheir air eucoraich obrachadh airson cur ceart na rinn iad ceàrr agus an cumail gun a bhith

ri eucoir tuilleadh.

Slàinte — tha sinn ag iarraidh ceud ionad slàinte sgìreil ùr a thogail gus am faigh daoine fiosrachadh agus frithealadh nas luaithe, nas fhaisg air an dachaighean fhèin, le tuilleadh luchd-altraim agus fiaclairean airson sin a choileanadh.

Foghlam — tha sinn ag iarraidh sgoiltean ùra agus barrachd thidsearan airson gearradh meud nan clasaichean. Tha sinn dol a thoirt aghaidh air clann a bhith ro reamhar, toirt uair a thide do eacarsaich sa latha dha na h-uile oileanach, agus barrachd luchd-ionnsachaidh agus goireasan spòrs.

Blàthachadh na cruinne — tha seo na chunnart mhòr. Tha sinn dol a chruthachadh dealan na h-Alba gu lèir tro chumhachd ath-nuadhachail, le tòrr airgid as ùr ga chosg air cumhachd nan suaichean san tìde-mhara.

Tha sinn air adhartas mòr a dhèanamh ach tha sinn ag iarraidh tòrr a dhèanamh fhathast. Cuidichibh leinn a' toirt cruth-atharrachadh air Alba.



Alasdair Allan

SNP It's time

dà-chànanach. Tha tòrr obraichean rannsachaidh a' sealltainn dhuinn gu bheil dà-chànanas a' dèanamh feum do dhaoine a thaobh cuspairean mar Matamataic is cànanan eile a thogail.

Tha sinn a' moladh gum bu chòir dhuinn fhathast a bhith a' cumail sùil gheur air staid na Gàidhlig agus a bhith deònach lagh 2005 atharrachadh ma tha e air fhaicinn freagarrach airson math na Gàidhlig.

Tha sinn cuideachd airson gum bi leudachadh air cothroman airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig le inbhe laghail a stèidheachadh. An cois sin feumaidh barrachd sanasachd is fìorachaidh a chur air beulaibh dhaoine gus am bi barrachd dhaoine a' taghadh Gàidhlig airson an cuid cloinne.

Bu toil leinn cothroman is cùrsaichean sònraichte a thoirt do luchd-teagaisg a tha airson Gàidhlig ionnsachadh gus piseach a thoirt air na h-àireamhan a tha a' faighinn cothroman beagan Gàidhlig ionnsachadh agus a chluinntinn

ann an sgoiltean Beurla. Tha a lethid seo a sgeama air a bhith soirbheachail anns a' Chuimrigh.

Ann an àrd sgoil cuideachd tha feum air barrachd chuspairean a bhith air an tairginn tro mheadhan na Gàidhlig.

Ann an craoladh tha sinn gu mòr a' cur taic ri seanail ùr Gàidhlig agus an dòchas gum bi seo ri fhaighinn ann an doighean a tha goireasach do dhaoine. Tha sinn a' faicinn gu bheil buannachdan obrach an cois seo is bu mhiann leinn gum biodh earrann mhòr de na h-obraichean seo stèidhichte ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig na cainnt làitheil.

Ann am Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba tha sinn taiceil don Ghàidhlig, tha sinn ga faicinn cho deatamach do dhualchas na h-Alba agus a tha ar càirdean ann an Èirinn, agus gu seachd àraid anns a' Chuimrigh, a' faicinn a' chànan Cheiltich aca fhèin.

Tha Libearalaich Deamocratach na h-Alba eadar-dhealaichte bho na pàrtaidhean eile. Tha sinn a' cumail aire air nas urrainn dhuinn a dhèanamh do dh'Alba agus air dearbhadh le gnìomhan nach e briathran falamh tha sin. Chuir sin às do chis nan oileanach. A-nise tha mìltean de dhaoine a' buannachadh gach bliadhna. Agus thug sinn air ais taicean airgid do dh'oileanaich a teaghlachan aig nach eil tuarastalan mòra.

Rinn sinn cinnteach gum biodh sgoiltean àraid an-asgaidh dha na h-uile leanabh a tha trì no ceithir bliadhna dh'aois an Alba, a' toirt dhaibh cuideachadh feumail aig toiseach am beatha.

Thug sinn curam pearsanta an-asgaidh do sheann dhaoine — agus cha leig peinnseanairean



Jamie MacGriogair



bhuidhnean poblach, gus obrachadh fòn Phlana Nàiseanta. Tha sinn a' cur cudrom air nach bu chòir am Bòrd a chlaonadh bhon t-seasamh aige mar bhuidheann-cànain neo-eisimeileach aig astar bhon riaghaltas; buidheann a tha "a' cuideachadh is nach eil a' ceannachadh". Mar sin, mar a tha an liosta de bhuidhnean poblach a dh'fheumas planaichean cànain a dheasachadh, a' leudachadh thar nam buidhnean sin a tha stèidhichte ann an coimhearsnachdan traidiseanta a' chànain no a tha a' dèiligeadh ri àireamhan mòra de luchd-labhairt na Gàidhlig, feumar an iomairt a ghluasad air adhart gu faiceallach. Tha e air leth cudromach gun tèid deagh-ghean a chumail. Gu dearbh, tha e dharribh riatanach, ma tha sinn a' dol a thoirt air cuid de dh'iomadh buidheann nach urrainn dhuinn a cho-èigheachadh airson planaichean a dheasachadh am foillseachadh len toil fhèin. Ma tha cànan na Gàidhlig gu soirbheachadh mar bu mhiann leinn, no eadhon ma tha i gu bhith beò idir, feumar solarachd Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a neartachadh far a bheil iarrtas air a shon. Dèiligidh sinn ri gainnead thidsearan Gàidhlig. Nì am Bile Foghlaim a tha san amharc againn airson stad a chur air eadraiginn neo-iomchaidh an

Riaghaltais ann an teagasg, dreuchd an teagaisg nas tarraingiche sa chumantas. Le bhith a' toirt Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gu aire ceumnaichean agus tidsearan ann an dreuchd agus le neartachadh Leasachadh Leantainneach Thidsearan gus am faigh tidsearan a th' ann an dreuchd cothrom air cùrsaichean oideachaidh ann an Gàidhlig, àrdaichidh sinn an stòr a th' againn de thidsearan Mheadhan na Gàidhlig. A thuilleadh air sin bheir am Bile againn barrachd saorsa dha cinn-sgoile solarachd na Gàidhlig nan cuid sgoiltean a chumadh a rèir feumalachdan ionadail. An cois seo leasaidh sinn stuthan teagaisg Gàidhlig. Adhbhraichidh seo tuilleadh rannsachaidh is àrdachaidh air teicneòlais. Bheireadh lionra air-loidhne cothrom na b' fheàrr dha tidsearan Gàidhlig stuthan teagaisg a chruinneachadh còmhla, mar eisimpleir. Tha cothrom ann cuideachd pasgann ionnsachaidh aig astar dha luchd-ionnsachaidh nas sine ullachadh. Sa chriochnachadh, tha sinn ag ath-dhaingneachadh ar taic dhan t-seanal telebhisein didseatach Gàidhlig agus dha opera na Gàidhlig mar phrìomh chomharran air cànan soirbheachail. Seo, dha-rìribh, na tha sinn airson fhaicinn.



Alasdair Moireasdan



Gu mì-fhortanach cha d'fhàinig càil bho Mgr Moireasdan ann an àm

An Gàidheal Ùr

Ainm
Seòlachd

Breatainn £20.00
An Roinn-Eòrpa post-adhair £25.00
Zone 1 post-adhair £30.00
Zone 2 post-adhair £35.00

Deànaibh seicean a-mach gu An Gàidheal Ùr mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte.....

Tillich seo gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Coàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD

Beachd

A' dèanamh dì-mheas air "bùth" phrìseil na Gàidhlig



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Tha cuimhne' am bruidhinn ri boireannach à Sruighlea o chionn bliadhna na dhà a bha dìreach air tilleadh bho cuairt a dh' Astràilia.

Mar a thuigeas sibh glè mhath, bha i air iomadh annas is àilleachd fhaicinn an sin, eadar na Sgeirean Corail agus an Sydney Opera House, ach b' e seo an rud a chur an t-iongnadh bu mhotha oirre: a' dol dhan supermarket! "Thug mi co-dhiù dà uair an uaireadair" thuirt i rium "a' dèanamh rud a bhios mi a' dèanamh an-seo aig an taigh ann an leth-uair!"

Agus an t-adhbhar? Dìreach gun robh na pacaidean agus na crogain air na sgeilpichean cho tur eadar-dhealaichte 's a bha iad aig an taigh.

Agus chan ann a chionn 's gur e stuthan agus biadh eadar-dhealaichte a bha iad a' reic ann an Astràilia, ach dìreach a chionn 's gun robh na samh-laidhean air na pacaidean agus air na crogain cho diofraichte na rioghachd seo.

A dh'aindeoin Calpachas Eadar-Nàiseanta, agus a dh'aindeoin 's gu bheil an Saoghal Mòr a-nis na Bhaile Beag, bha an signage air an taobh a-muigh cho eadar-dhealaichte 's gun tug e ùine mhòr dhan boireannach aithneachadh gur e Corn Flakes, ann an dà-rìribh, a bha am broinn a' bhogsa, a dh'aindeoin

's nach robh an t-ainm Kellogg's air an taobh a-muigh.

Air a chur gu simplidh, bha i a' dearbhadh cho cudromach agus a tha 'packaging'. Bha i a' dearbhadh, gu ìre, gur e cànan a tha ann an dealbhachadh, agus gu bheil dealbhan agus samhlaichean a' cheart cho cudromach — mura bheil nas cudromaiche — na faclan fhèin ann a bhith a' tuigsinn an t-saoghail a tha timcheall òirn.

Seall fhèin air cho lèirsinneach, seach labhairteach, agus a tha an saoghal mòr. Gun aon fhacal sgrìobhte, tha solas dearg ag ràdh "Stad!" rinn, dìreach mar a tha solas uaine ag èigheach, "Siuthad — Gluais!"

Dealbh de chlann a' labhairt rinn: "Socraich. Slaod sios!" dìreach mar a tha dealbh de neach le bata ag innse dhuinn gu bheil sinn faisg air dachaigh seann dhaoine: "Bend for Quarter-of-a-Mile!" mar a thuirt Tormod MacIlleathain uaireigin.

'S ann air son sin a tha soidhnichean-rathaid is eile Gàidhlig cho cudromach. Chan e dìreach fiosrachadh a tha iad a' toirt dhuinn ach fèin-aithne. Chan e dìreach stiùireadh ach samhla.

Chan eil ann ach beagan sheachdairean o bha mi shìos ann an sgìre Mhùideirt, agus feumaidh mi a ràdh gur e na soidhnichean-rathaid Gàidhlig fhèin pàirt dhen toileachas a bhith san sgìre. O's dèidh nam bliadhnanachan mòra a' faicinn soidhnichean ag ràdh 'Strontian' agus 'Smirsary' agus 'Acharacle', bha e na thlachd cho mòr na faclan ceart fhaicinn gu moiteil air na soidhnichean; 'Sròn an t-Sithein', 'Smiorasairigh', 'Ath Tharrachail'.

Agus nach eil e àraid mar a tha soidhne a' dùsgadh rud nad inntinn: aon uair 's gum faca mi an soidhne-rathaid ag ràdh 'Smiorasairigh', smaoinich mi anns a' bhad: "Ah! Ailean Dòmhnallach. Am Pìobaire. Nach do rinn esan port dhan àite seo, a chaidh fhuadach....." agus siud mi anns a' bhad sa chàr sios an rathad dhan àite a dh' fhaicinn na làraich a dhùisg an ealain ann an Ailean!

'S beagan mhiltean a-rithist shìos an rathad b' ann a chunnaic mi soidhne-

rathaid eile air mo làimh chli, 's ged a bha am fear seo fhathast (mas math mo chuimhne!) anns a' chruth Bheurla, dhùisg sin cuimhne mhòr na mo cheann cuideachd — 'Dalilea' bha an soidhne ag ràdh, agus a-rithist anns a' bhad thuirt mi rium fhèin, "Ah! Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair — nach ann an Dail an Lèighe a rugadh e?"

Agus siud mi anns a' chàr sios am frith-rathad feuch am faicinn àite-breith an duine mhòir.

Ach fhad 's a chithinn-sa, cha robh comharra poblach sam bith mun leithid, agus tha sin a-rithist a' togail ceist mhòr eile: cuin agus càite agus ciamar a bu chòir dhuinn ar làraichean eachdraidheil a chomharrachadh?

Tha fhios 'am — mo chreach! — nach eil sin ag iarraidh Ionad Turasachd gach dàrnacha mìle air A' Ghàidhealtachd, le soidhnichean ag ràdh "The Duncan Bàna MacIntyre Heritage Centre" air neo "The William Ross Café — The Filoro Restaurant" 's mar sin air adhart, ach na dheaghaidh sin tha àm is àite son gach nì.

Tha e iomchaidh agus ceart, saoilidh mise, gun rachadh ar dualchas a thaisbeanadh agus fhoillseachadh ann an dòigh beagan nas fhèarr na th' againn. Chan ann a-mhàin airson an rud mòr sin ris an can sinn Turasachd Chultarach a tha cho luachmhor anns an latha th' ann, ach gu seachd sònraichte airson an rud fhèin.

Ma tha Màiri Mhòr, mar eisimpleir, airidh air a cuimhneachadh — mar a tha — dèanamaid e gu ceart follaiseach. Cà' bheil Ionad Mhaighstir Ailein ann an Eirisgeigh, mar eisimpleir, air neo Slighe nam Bàrd anns an Eilean Sgitheanach, far am faigeadh duine sam bith eòlas air litreachas is beatha leithid Màiri Mhòr agus Somhairle?

Tha e a' tighinn sios gu seo: chan e a-mhàin gu bheil seallaidhean agus àrainneachd agus dualchas agus cànan prìseil againn, ach gu feum sinn sìor fhàs moiteil agus uasal asta. Sin far a bheil na dealbhan — na soidhnichean-rathaid is eile — cho cudromach: tha na rudan sin a' foillseachadh an rud a tha falaichte, a' dealbhachadh an rud a tha



chan e a-mhàin gu bheil seallaidhean agus àrainneachd agus dualchas agus cànan prìseil againn, ach gu feum sinn sìor fhàs moiteil agus uasal asta



ro bhualteach a bhith dìomhair.

Mo mheal an naidheachd air Mòrag Anna NicLeòid agus Micheal Foxley agus iomadh neach eile a tha air a bhith an sàs agus a' strì airson soidhnichean-rathaid air feadh na Gàidhealtachd airson iomadh bliadhna. Tha toradh an cuid saothair an dà chuid taitneach agus tlachdmhor.

Agus ma bhios A' Ghàidhealtachd mar an supermarket sin eile ann an Astràilia dhan fheadhainn a thadhaileas òirn gun Ghàidhlig, nach fhaodadh cuideachd gur e deagh rud a tha sin fhèin?

Chan e supermarket airson a dhol timcheall gu luath sgiobalta a tha againn an seo, ach bùth — mar gum biodh — a tha speisealta agus sònraichte. Bùth anns an fhiach ùine a chur seachad. Bùth le annas anns gach oisean.

Chan e Bìadh Luath a tha anns a' Ghàidhlig — rud eile anns am faod sinn a bhith moiteil, ach bìadh math tusanach blasta organach air an fhiach cagnadh.

'S e mo bheachd fhìn gum bu chòir dhuinn soidhnichean ag ràdh 'Mall' air neo 'Slaodach' a chur air gach rathad Gàidhealach, mar chomharra nach e an rud luath ach an rud luachmhor a tha sinn a' làimhseachadh an seo.

LITRICHEAN

Fhir-deasachaidh,

Feumaidh mi a ràdh gu bheil mi ag aontachadh gu tur le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain ann an iris A' Ghearrain, 's e a-mach air aineolas an Scotch Whisky Association, 's iad a' feuchainn ri bacadh a chur air uisge-beatha ùr à Ceap Breatann, Canada. Mura h-eil cead aig grùdairean uisge-beatha à Ceap Breatann an t-ainm-àite "Gleann" a thoirt air a' bhathar oil, dè thachradh nan deigheadh taigh-staile ùr a thogail ann an Èirinn, mar eisimpleir ann an àite mar "Gleann Colm Chille"? Tha "gleanntaichean" aca-san cuideachd! Chan eil seasamh a' chois aig an Scotch Whisky Association ron chasaid seo. Dearbh aineolas a th'ann!

Le deagh dhùrachd,

Stephan MacRisnidh
401 Pearl Heights Kawagoe Part II
1-22-4 Matsue-cho
Kawagoe
Saitama
An t-Seapan

Saoil a Mhàiri am pòs thu? Pòsaidh. Ach cò?

O thìr nan Craobh
Le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain

theich i an ath-dhoras. Rinn am fear-tagraidh an uair sin òraid anns an do mhol e Iain gu 'bhòrgan: bha airgead aige agus bha e còir agus modhail agus ciallach. Am faigheadh e cead a h-athar gus Màiri a phòsadh?

Bha am bodach leagte ris an seo, ach thuirt e gu robh e 'n urra ri Màiri. Chaidh a toirt a-steach agus chuir caraid Iain cagar na cluais ann an oisean an t-seòmair. Nuair a dh'aontaich i Iain a phòsadh chuir iad an làmh an achlaisean a chèile. Bha an cùmhnant dèante, leis a' ghealltanas àbhaisteach, gum pàigheadh an neach a bhriseadh an cùmhnant fichead dolair. Chuir iad seachad an còrr den oidhche a' dannsa. Nam biodh fios aig na dàcòin dè bha tachairt bha iad air tighinn agus an greadhnachas a thionndadh gu coinneamh-ùrnaigh, tha Farnham ag ràdh.

Chuir Iain air dòigh gu rachadh am pòsadh èigheach san eaglais an ath Dhìdòmhnaich. Ach cha robh Màiri saoirsneil. Nan cluineadh Alasdair, fear air an robh i measail, seo 's dòcha gun cuireadh e na chabhaig e. Agus sin mar a thachair. Cho luath 's a chuala Alasdair an naidheachd thuit a thud 's a thad air 's chaidh e fhèin 's athair na dudar leum annoch oidhche Shathairne gu taigh an t-sagairt, 's thug iad air ainm Alasdair èigheach 's an eaglais an àite ainm Iain.

Cha robh seo na annas mòr sam bith, tha Farnham ag aithris. Ach cha b' e seo deireadh na sgeòil. Bha fear eile anns an eaglais nuair a chaidh am pòsadh èigheach agus chaidh esan na bhreisligh cuideachd. Ruith e dhachaigh 's dh'iarra e deich dolair air athair. "Carson seo?" dh'fhaighneachd am bodach. "Tha an t-

a bha mi 'm beachd fhaighinn mar mhnaoi a' dol a phòsadh Alasdair," fhreagair e. "Carson nach pòs thu fhèin i ma-thà, a Chalium?", ars am bodach. "Bheir mi dhut leòba mhath fearainn agus ma thèid thu fhèin 's do bhràthair a dh'iarraidh Màiri agus gun toir sibh dhachaigh an seo i mi sinn cinnteach gum bi i tèarainte."

Mar a thachair b' e Calum bu bheairtiche, agus bu ghleusta 's dòcha, den trìuir fhleasgach. Thug e Màiri dhachaigh gu falachaidh an oidhche Dhòmhnach ud agus bha daoine aca ri faire a' dèanamh cinnteach nach biodh i fhèin no neach sam bith eile ri cuilbheart a leigeadh às i. Phòs iad an ath Dhìdòmhnaich.

Nam biodh Farnham beò an-diugh 's iongantach mura biodh e sgrìobhadh mun phòsadh o chionn ghoirid eadar Ashley MacLosaig, am fìdhleair ainmeil à Ceap Breatann, agus a chompanach Anndra Stokes. Cha do chuir am pòsadh seo an ceòl air feadh na fìdhle dad na bu mhotha na chuir am pòsadh aig Calum 's aig Màiri.

Ach o sheann iris gu tè ùr. Tha Celtic Heritage, a tha air ullachadh an Alba Nuadh, a' nochdadh sia tursan sa bhliadhna. Tha raon farsaing de chuspairean anns an tè mu dheireadh. Tha cunntas inntinneach ann air Seònaid Nic IlleBhràth à Mùideart, a thàinig gu ruige Arasaig an Alba Nuadh ann an 1791. Nuair a chaidh fhaighneachd dhi carson a thàinig i gu Tìr nan Craobh thuirt i: "Mura b' e bàs mo dhaoine cha tàinig mise riann an taobh seo."

Tha Dòmhnall Dòmhnallach, a bhùineas dha na Hearadh ach a tha air a bhith fuireach iomadh bliadhna ann

am Montreal, a' toirt luaidh air an Urr. Ruairidh Dòmhnallach, a tha iomraiteach son bàrdachd Burns eadar-theangachadh o thùs gu èis. Tha e cuideachd ag innse mu na h-oidhirpean a thathar a' dèanamh air Gàidhlig ath-bheothachadh an Alba Nuadh. Tha fiù 's iomradh air fear Seonaidh Mac a' Phearsain a bha dealbhachd thogalaichean, eadar prìosain is eaglaisean, ann an Halifax ann am meadhan na naoidheimh linn deug. 'S fheadar nach robh na togalaichean cho math ri ainm an ailtire. Chan eil clach dhiubh air fhàgail.

Litrichean gu:

Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 703487
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk



Prògraman rèidio a' cosnadh duaisean aig fèis nam meadhanan Ceilteach

Gach bliadhna tha Fèis nam Meadhanan Ceilteach a' gabhail àite ann an dùthaich Cheilteach eadar-dhealaichte. An-uiridh b' ann shìos gu deas agus gu baile Falmouth sa Chòrn a rinn na h-aoighean agus ann an dà mhìle 's a h-ochd bidh dùil riutha thall ann an Èirinn ach air a' bhliadhna seo b' ann na b' fhaighinn fhin a bha e agus e a' thadhail air Eilean a' Cheò - an t-Eilean Sgitheanach.

Bha suas ri sia duaisean deug ga thoirt seachad aig an Fhèis am-bliadhna agus tha farpais làidir a' dol anns gach roinn ach faodaidh sinn ann an Alba a bhith gu h-àraidh moiteil gur ann thugainn a thàinig na duaisean Pearsa Rèidio na Bliadhna agus Stèisean Rèidio Na Bliadhna 2007.

Pearsa Rèidio Na Bliadhna

Airson an treas bliadhna as dèidh a chèile chaidh duais Pearsa Rèidio na Bliadhna a bhuileachadh air cuideigin à Alba nuair a chaidh Màiri Anna NicUalraig ainmeachadh. A' bhliadhna roimhe sin thill Coinneach MacIomhair air ais às a' Chòrn leis an duais agus ann an 2005 b' e Niall Iain Dòmhnallach bhon phrògram rèidio, Rapal, a ghlèidh e.

Tha Màiri Anna NicUalraig ainmeil mar tè chiùil, riochdaire agus craoladair, chan ann amhàin anns a' Ghàidhlig ach cuideachd ann am Beurla agus tha i air iomadach prògram a thoirt thugainn thar nam bliadhnaichean bho "Togaibh I!" airson BBC Radio Nan Gàidheal far an robh sinn a' cluinntinn mu dheidhinn ceòl chòisir, "Celtic Connections" airson telebhisean agus BBC Radio 3. Tha Màiri Anna cuideachd a' nochdadh air BBC Radio Alba leis a' phrògram aice "Mary Ann Kennedy's Global Gathering" agus doirbh a creidsinn gu bheil i fhèin agus Sean O hEanaigh an dèidh a bheil dol barrachd 's deich bhliadhna leis a' phrògram rèidio "Sruth Na Maoile" far a bheil sinn a' cluinntinn ceòl à Èirinn agus Alba.

B' e Ishbel NicIlinnein bho BBC Radio nan Gàidheal a thog an duais oir bha Màiri Anna trang a' filmeadh còmhla ris an t-seinneadair, Donaidh Murchadh MacLeòid agus e a' bruidhinn air an obair a tha e a' dèanamh ann am Botswana agus



Màiri Anna NicUalraig

thathar an dùil gu nochd am prògram telebhisein sin air an t-sianal ùr Gàidhlig.

Stèisean Rèidio na Bliadhna

Radio nan Gàidheal "Stèisean Rèidio na Bliadhna 2007". Tha e a math a chluinntinn, tha e math a ràdh. 'S e faireachdainn math a th' ann a bhith aig mullach na craoibhe, agus sinn air ar cur an sin le luchd èisteachd neo-eisimeileach às na dùthchannan Ceilteach air fad.

Bha grunn mhath stèiseanan rèidio air oidhirp a dhèanamh agus blas dhe na prògraman a chur ri chèile gus dealbh a dhèanamh dhe na tha iad a' craoladh de phrògraman eadar-dhealaichte ach aig a' cheann thall bha aig na Britheamhan ri

taghadh a dhèanamh eadar ceithir diofar stèiseanan, Rèidio Na Gealtachta à Èirinn, Rèidio na Cuimrich, Rèidio Foyle agus Radio nan Gàidheal.

Aig a' cheann thall ged-thà b' e BBC Radio nan Gàidheal a chaidh ainmeachadh agus an uair a chuala sinn gur sinn a bh' air an duais fhaighinn cha mhòr gun creideadh sinn e.

Tha e a' ciallachadh mòran. Bha riochdairean aon dhe na stèisean eile a bha sa chuairt dheireannaich agus na deòir a' ruith leis a' bhriseadh dùil.

B' e Flòraidh NicIleathain, àrd riochdaire a tha ag obair ann an Steòrnabhagh, a chuir tagradh Radio nan Gàidheal ri chèile agus bha ise air leth toilichte leis mar a chaidh cùisean.

Bha Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Roinn na Gàidhlig, an làthair aig an Fhèis: "Tha sinn aig Roinn Gàidhlig BBC Alba glè mhoiteil mun duais shònraichte seo a bhuannaich Radio nan Gàidheal agus taingeil airson na taic agus a' chuideachadh a tha sinn a' faighinn gach latha bho luchd labhairt Gàidhlig ann an coimhearsnachd na h-Alba agus air feadh an t-saoghail."

Cuideachd an làthair bha neach deasachaidh Craoladh nan Gàidheal Marion NicFhionghain a ghabh an duais às leth luchd obrach an stèisein. "S e fìor urram a tha seo. Tha e a' daingneachadh gu bheil sinn a' dèanamh prògraman Gàidhlig aig ìre cho math agus nas fheàrr na gin a stèisean rèidio sna dùthchannan Ceilteach. Tha e dìreach sgoinneil an duais fhaighinn. Tha mi moiteil às na sgiobaidhean a tha ag obair cruaidh fad na bliadhna a' cruthachadh prògraman inntinneach a h-uile latha dhen t-seachdain."

Thuirt Flòraidh NicIleathain "Ged a bha obair ann a bhith a' cur an tagraidh ri chèile tha mi air leth toilichte. An duilgheadas a bh' agam-sa b' e pìosan a thaghadh a-mach às na ceudan mòra uair a thide a tha sinne a' dèanamh gach bliadhna."

Tha còrr againn uile a tha an sàs ann an Radio nan Gàidheal a bhith moiteil às an duais seo. Ar taing mhòr do luchd dèanamh nam prògram, na tha a' gabhail pàirt anna agus an luchd-èisteachd ... gun sibhse cha bhiodh Radio nan Gàidheal ann.

An cois Shona gach madainn



Air na trì seachdainean a tha romhainn bidh Shona Mhoireasdan còmhla rinn gach madainn eadar naoi agus deich agus prògram làn aice a' dèiligeadh le iomadh cuspair le guthan agus beachdan Ghàidheil a' nochdadh à iomadh oisean dhen t-saoghal.

'S ann às na Hearadh a tha Shona agus tha sinn eòlach oirre mar neach-naidheachd air Aithris Na Maidne agus cuideachd air a' phrògram telebhisein Eòrpa.

Gach seachdain tha cothrom aig luchd-èisteachd Radio Nan Gàidheal beachdan a thoirt seachad ann am Bhòt na Seachdain le a bhith tadhal air an làraich-lìn www.bbc.co.uk/alba. An t-seachdain seo 's e cuspair gu math connspaideach a tha ann 's sinn a' faighneachd na ceist, a bheil no nach eil daoine ag iarraidh aiseagan Sàbaid eadar Leòdhas agus na Hearadh gu Tìr mòr? Gheibhear am freagairt madainn Dihaoine seo tighinn.

"Air an Tòir" air an tuilleadh dhaoine inntinneach

Tha Air an Tòir an t-seachdain seo ag innse na sgeulachd aig Iseabal Ros, às an Eilean Sgitheanach, a sgrìobh leabhar-latha a tha nise air a ghleidheadh anns an Imperial War Museum.

Tha an leabhar seo ag innse mun obair shònraichte a rinn an Scottish Women's Hospital Unit aig àm a' Chiad Chogaidh, anns na Balkans, ach tha e cuideachd a' toirt dhuinn sealladh pearsanta, tro shùilean Iseabail, air na thachair agus a' bhuaidh a bh' aig na gnothaichean sin. Nuair a thòisich an cogadh thabhainn na buidhnean a bha a' strì son a' bhòt fhaighinn do bhoireannaich cuideachadh le obair chlàireachd a' chogaidh. Thabhainn an Scottish Federation of Women's Suffrage Societies, leis an Dr Elsie Inglis air an ceann, cuideachadh a' coimhead as dèidh nan saighdearan a bha air an leòn anns an t-sabaid anns na trannsachan, ach chaidh an diùltadhle Oifis a' Chogaidh.

Bha Iseabal Ros air Elsie Inglis a chluinntinn aig òraidean far an robh i a' coimhead son luchd-cuideachaidh a rachadh gu Serbia. Bha leithid de bhuaidh aig seo air Iseabal 's gun do dh'fhalbh i gu Salonika anns an Lùnastal, 1916 agus chlàr i a chuid faireachdainnean san leabhar-latha.

'S e Iona NicDhòmhnaill a bhios còmhla ri Seumas Dòmhnallach, BBC2 oidhche Diardaoin aig 19.00.

Air an t-seachdain as dèidh sin, (26th dhen Ghiblean) cluinnidh sinn sgeulachd Iain MhicCoinnich. Rugadh MacCoinnich ann an Taobh Sear Rois ann an 1839. Aig aois 22 rinn e an imrich gu Sealainn Nuadh son beatha nas fheàrr a dhèanamh dha fhèin 's dha theaghlach. Bha oighreachdan




Seumas Dòmhnallach is Iona NicDhòmhnaill agus iad a' faighinn a-mach barrachd mu bheatha Iseabal Ros

mòra fo chaoraich a' feitheamh air ann an sin ann an Canterbury agus Otago. Nuair a thòisich e feuchainn ri obair fhaighinn rinn e mach gum buineadh am fearann mòr sin do dh'aireamh glè bheag de dhaoine. Thug seo buaidh mhòr air a bheachdan poilitigeach agus roghnaich e làmh a

ghabhail ann an saoghal poilitigs. Bha e na rùn bacadh a chur air na h-uachdairean shanntach anns an dùthaich a bha nise na dhachaigh dha agus dèanamh cinnteach nach tionndaidheadh gnothaichean a-mach ann an sin mar a bha air tachairt ann an Alba. B' e seo an ceann uidhe a thug e bho bhith na ciobair gu bhith na "Mhinistear an Fhearainn", dreuchd cho àrd 's a bha anns an Riaghaltas Libearalach aig an àm. Tha Seumas Dòmhnallach agus Ruairidh MacIleathain a' faighinn a-mach mu na laghan fearainn a chuir e an gnìomh agus aig a bheil buaidh ann an Sealainn Nuadh chun latha an-diugh.

Air a' cheathramh latha dhen Chèitean chì sin sgeulachd Sheumais Mhoireasdan. Rugadh Seumas ann an Steòrnabhagh o chionn faisg air dà cheud bliadhna gu leth. Agus abair gun robh saoghal a' feitheamh air. Chaidh e gu muir na dhuine òg agus mun àm a bha e seachd bliadhna fichead de dh'aois chunnaic e le shùilean fhèin tachartas cho ainmeil 's a th' ann an eachdraidh chabhlachd Bhreatainn, 'mutiny' air an t-soitheach ainmeil 'Bounty'. Gu dearbha 's e na sgrìobh Seumas fhèin aig an àm a tha a' toirt dhuinn mòran fiosrachaidh mu dè dìreach a thachair air an t-soitheach agus a shàbhail e fhèin bho chrochadh air a' cheann thall.



Comhairle nan Eilean Siar

Na taghaidhean ionadail

Bidh dà thaghadh a' gabhail àite air 3 Cèitean sna h-Eileanan Siar. A bharrachd air Taghadh Pàrlamaid na h-Alba, bidh e an urra ri luchd-bhòtaidh nan Eilean Siar, cuideachd, air pàipear-bhòtaidh eile, Comhairlichean a thaghadh air an aon latha. Fo Achd Riaghlaidh Ionadail na h-Alba 2004, thèid "Bhòt Ghluadasach Shingilte (BGS)" (no "Single Transferable Vote"), a chleachdadh airson a' chiad uair sna h-Eileanan Siar, agus Comhairlichean a thaghadh ann an Taghadh Comhairle nan Eilean Siar.

Fon t-siostam ùr seo, thèid na tagraichean gu lèir a bhios

a' seasamh sna uàrdan a chur ann an òrdugh, a thaobh dè cho comasach 's a tha iad ann am beachd an luchd-bhòtaidh, agus bidh an triùir no ceathrar leis an àireamh as motha de bhòtaichean air an taghadh mar Chomhairlichean anns gach uàrd. Air a' phàipear-bhòtaidh, bidh an neach-bhòtaidh sa chiad dol-a-mach a' cur "1" ri taobh ainm an tagraiche as fheàrr, na bheachd-sa, "2" ri taobh ainm an tagraiche as fheàrr am measg an fheadhainn a tha air fhàgail, "3" ri taobh ainm treas taghaidh an neach-bhòtaidh, agus mar sin air adhart, gus am bi àireamh ri taobh ainm

a h-uile duine a gheibh bhòt. Faodaidh neach-bhòtaidh àireamh cho mòr no cho beag de tagraichean 's thogras e a rangachadh, agus faodaidh na tagraichean a bhith bho phàrtaidhean eadar-dhealaichte, bhon aon phàrtaidh, no a bhith neo-eisimeileach.

Tha seo gu tur eadar-dhealaichte bhon t-siostam *First-past-the-post* a bhathas a' cleachdadh ron seo, nuair a chaidh aon Chomhairliche a thaghadh airson gach uàrd. Fon t-siostam ùr, ge-tà, tha naoi uàrdan mòra ann a-nis, le triùir no ceathrar Chomhairlichean anns gach uàrd, air an taghadh fon t-siostam ùr gu h-

àrd, an àite 31 uàrdan fon t-seann shiostam, le aon Chomhairliche anns gach uàrd. Ach, chan eil seo a' ciallachadh gum bi atharrachadh ann a thaobh an àireimh de Chomhairlichean gu lèir aig deireadh an latha - bidh 31 Chomhairliche fhathast ann.

Bidh Uàrd 1, mar eisimpleir, a' gabhail a-steach Barraigh, Bhatarsaigh, Eirisgeigh agus Uibhist a Deas, agus thèid ceathrar Chomhairlichean a thaghadh san uàrd seo. Fon t-seann shiostam, bha ceithir uàrdan air leth ann shìos aig ceann deas nan Eilean, le aon Chomhairliche airson gach fear - Barraigh agus

Bhatarsaigh, Dalabrog agus Eirisgeigh, Loch Aineort, agus mu dheireadh, Iochdar. San aon dhòigh, aig ceann eile nan Eilean, bidh Uàrd 9 a' gabhail a-steach An Taobh Siar agus Nis, an àite ceithir uàrdan air leth a bhith ann, (Port Nis, Dail, Barabhas agus Siabost), mar a sheas cùisean ron seo. A thaobh nan uàrdan eile, bidh Uàrd 2 a' gabhail a-steach Beinn na Faoghla agus Uibhist a Deas, bidh Uàrd 3 a' gabhail a-steach Na Hearnadh agus Ceann a Deas nan Loch, bidh Uàrd 4 a' gabhail a-steach Sgìre Uige agus Ceann a Tuath nan Loch, bidh Uàrd 5 a' gabhail a-steach an Rubha, bidh

Uàrdan 6 agus 7 a' gabhail a-steach Steòrnabhagh a Deas agus a Tuath, agus bidh Uàrd 8 a' gabhail a-steach Loch a Tuath.

Ach, chan e seo an t-aon atharrachadh a tha ri fhaicinn a thaobh Taghadh na Comhairle an ath-mhìos, oir chan eil naoinear de na Comhairlichean a sheas an turas mu dheireadh a' dol a sheasamh an triop seo. Mar sin, tha sinn a' toirt taing dhaibh airson na h-obrach dhìcheallach a tha iad air a dhèanamh às leth muinntir nan Eilean Siar thairis air na bliadhnaichean.

Comhairle nan Eilean Siar



Chnag
Comunn na Gàidhlig
www.cnag.org.uk

Ballrachd Bòrd Stiùiridh Chomunn na Gàidhlig

Tha Comunn na Gàidhlig a' sireadh ball airson a' Bhòrd Stiùiridh bhon Òg-Mhìos 2007. Tha e an urra ris a' Bhòrd poileasaidhean, ionmhas agus luchd obrach Chnag a stiùireadh agus bidh dùil gum bidh mu 6 choinneamhan gan cumail sa bhliadhna.

Cha bhith tuarastal an lùib na h-obrach seo, ged a bhios cosgaisean siubhail agus àite-fuirich ga phàigheadh airson a bhith a' frithealadh Coinneamhan Chnag. Ged is ann an Inbhir Nis a bhios a' mhòr chuid de choinneamhan, tha e comasach do Buill a' Bhòrd Stiùiridh compàirt a ghabhail aig Coinneamhan le bhith cleachdadh fòn/bhideo.

**Ma tha ùidh agaibh anns an obair seo, gheibh sibh tuilleadh fiosrachadh bho:
Eairdsidh MacGhilleathain, Ceannard, Comunn na Gàidhlig, 5 Caolshràid
Mhìcheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ. Àireamh Fòn: 01463 234138
Post-dealan: eairdsidh@cnag.org.uk no air www.cnag.org.uk**

SEIRBHEIS
nam MEADHANAN
GÀIDHLIG



Gaelic
Media
Service



IOMADH GUTH, AON AMAS

Ceartas is cothrom do chraoladh Gàidhlig

Sin a tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig air a bhith sireadh, le taic o chaochladh bhuidhnean agus o choimhearsnachd na Gàidhlig. Anns na còig bliadhna deug mu dheireadh phàigh an t-Seirbheis son còrr is 2000 uair a thìde de phrògraman – còrr is da thrian de na prògraman Gàidhlig ùra a chaidh a chruthachadh son telebhisean an Alba. Ach chan eil an sin ach eachdraidh. Le sianal digiteach air faire thig piseach as ùr air craoladh Gàidhlig – adhartas air a bheil an sluagh airidh is dligheach.

Chan e seo deireadh na sgeòil ach a toiseach – seirbheis choileanta le Gàidheil, do Ghàidheil, mu Ghàidheil.

SEIRBHEIS
nam MEADHANAN
GÀIDHLIG



Gaelic
Media
Service
Taigh Shìphoirt
Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432
P-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-lìn: www.gms.org.uk